

AITHISG BHLIADHNAIL & AITHRIS NAN CUNNTASAN

2025 / 26

ANNUAL REPORT &
STATEMENT OF ACCOUNTS



24 June 2026

Sir Ian Cheshire
Chairman
Ofcom
Riverside House
2A Southwark Bridge Road
LONDON
SE1 9HA

Dear Sir Ian

Annual Report and Accounts

An co-chòrdadh ri Earrann 19 (12) de Achd Craolaidh 1990, tha mi a' cur an cois seo Aithisg Bhliadhnail Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig agus Aithris nan Cunntasan airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2026.

In accordance with Schedule 19 (12) of the Broadcasting Act 1990, I enclose the Annual Report of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig (Gaelic Media Service) and the Statement of Accounts for the year ended 31 March 2026.

Le dùrachd

John Morrison
CHAIR





CLÀR-INNSE

CONTENTS



07	TEACHDAIREACHD A' CHATHRAICHE Chair's report
13	LÈIRMHEAS AN ÀRD-OIFIGEIR Chief Executive's review
21	A' FRITHEALADH AN LUCHD-AMAS Serving the audience
51	LÈIRMHEAS GNÌOMHACHAIS Business review
57	AMASAN AGUS PRÌOMH THOROIDHEAN Objectives and key results
63	A' TOGAIL AR N-ÀM RI TEACHD Building our future
77	AITHRIS RIAGHLAIDH Governance statement
89	AITHRISEAN IONMHASAIL AIRSON NA BLIADHNA A DHÙIN 31 MÀRT 2026 Financial statements for the year ended 31 March 2026
147	TUILLEADH FIOSRACHAIDH Additional information
151	LUCHD-OBRACH Staff
159	AM BÒRD The Board



AR RÙN OUR MISSION

Gàidhlig tro na meadhanan, anns gach àite, airson gach neach

Gaelic for everyone, wherever you are

AR LUACHAN OUR VALUES

Cruthachalachd – tha sinn a’ comasachadh cruthachadh sàr-shusbaint Ghàidhlig

Luchd-amhairc – tha sinn air ar fiosrachadh agus air ar brosnachadh le ar luchd-amhairc

Àrd-amas – tha sinn ag amas air agus a’ libhrigeadh sàr-mhathas

Co-bhanntachd – tha sinn a’ coileanadh tro cho-obrachadh

Spèis – tha sinn ag èisteachd; tha sinn a’ brosnachadh; tha sinn cothromach



AR LÈIRSINN OUR VISION

Cruthaich buaidh tro na meadhanan Gàidhlig

Ceangal gu dlùth ri luchd-cleachdaidh na Gàidhlig air fad

Brosnaich ionnsachadh na Gàidhlig tro na meadhanan

Create impact through Gaelic media

Connect with all users of Gaelic

Drive Gaelic learning through media



Creativity – we enable the creation of high-quality Gaelic content

Audience – we are informed and inspired by our audience

Ambition – we strive for and deliver excellence

Partnership – we achieve through collaboration

Respect – we listen; we encourage; we are fair



AITHISG A' CHATHRA

CHAIR'S REPORT



ICHE



Iain MacCormack



Air feasgar sèimh ann am Barcelona sa Chèitean 2025, dhaingnich MG ALBA àrd-inbhe telebhisean na Gàidhlig nuair a bhuannaich iad dà dhuais airson an t-sreath eucoir *An t-Eilean* aig duaisean cliùiteach CIRCOM: An Dràma as Fheàrr agus duais Grand Prix airson a' phrògram as fheàrr air telebhisean roinneil air feadh na Roinn Eòrpa.

Air a bhreithneachadh le proifeiseantaich telebhisein bho air feadh na mòr-thìre, abair urram iongantach do chànan le dìreach 130,000 neach-labhairt air oir na Roinn Eòrpa.

B' e dearbhadh dùbailte a bh' ann airson a' cho-dhùnaidh dhàna le bòrd MG ALBA an t-seilbheachd as motha a rinn sinn a-riamh a dhèanamh san t-sreath dràma seo, ach nas cudromaiche chuir e a' Ghàidhlig air àrd-ùrlar nam buannaichean a' farpais an aghaidh chànanan air am bruidhinn le milleanan, le buidseatan prògraman tòrr mòr nas motha na tha againne.

Beagan sheachdainean às dèidh sin, chaidh Radio nan Gàidheal a chrùnadh mar Stèisean Rèidio na Bliadhna aig Fèis nam Meadhanan Ceilteach sa Chuimrigh. Nuair a smaoinicheas sibh air neart rèidio air feadh nan dùthchannan Ceilteach, 's e fìor urram a th' ann an seo dha na sgiobaidhean uile a tha an sàs ann a bhith a' dèanamh susbaint Ghàidhlig a h-uile latha den bhliadhna.

Lean na duaisean a' taomadh a-steach. Chaidh Duais Aithne Shònraichte a thoirt don Stiùiriche Susbaint againn, Mairead Chamshron, bhon Chomann Rìoghail Telebhisein (Alba). Tha Mairead air a bhith na curaidh aig cridhe telebhisean na Gàidhlig airson còrr is 30 bliadhna, a' stiùireadh mòran de na h-adhartasan againn agus a' coimiseanadh iomadh prògram a choisinn duais.

Rinn poileasaidh MG ALBA airson Didseatach an Toiseach, far am bi prògraman a' nochdadh air ùrlaran didseatach mus tèid an sealltainn air BBC ALBA, ceumannan mòra air adhart le *Somhairle Spins* agus *Rudan Beaga Bòidheach* gan coimiseanadh airson an iPlayer.

Rinn na dhà math dha rìreabh, agus le bhith gu sònraichte tarraingeach do luchd-amais nas òige, choilean iad àrd-mhiann a h-uile craoladair. Dhearbh an soirbheachas seo gum feum susbaint Ghàidhlig ar luchd-amais a leantainn gu ùrlaran didseatach. Mura dèan sinn sin, tha sinn ann an cunnart an call buileach agus gu bràth.

On a balmy evening in Barcelona in May 2025, MG ALBA significantly raised the bar again for Gaelic television, winning two prizes for the crime thriller series *An t-Eilean (The Island)* at the glitzy CIRCOM awards: Best Drama and the Grand Prix award for the best programme on regional television across Europe.

Judged by our television peers from across the continent, this is an extraordinary achievement for a language with 130,000 speakers on the edge of Europe.

It was a double vote of confidence for the bold decision by MG ALBA's board to make our biggest ever investment in this drama series, but more significantly it took Gaelic onto the winners' podium competing against languages spoken by millions, with programme budgets many multiples larger than what we have.

A few weeks later, Radio nan Gàidheal was crowned Radio Station of the Year at the Celtic Media Festival in Wales. When you consider the strength of radio across the Celtic countries, this is another huge accolade for all the teams involved in producing Gaelic content every day of the year.

The awards kept coming. Our Director of Content, Margaret Cameron, was presented with a well-deserved Special Recognition Award by the Royal Television Society (Scotland). Margaret has been a warrior at the heart of Gaelic television for more than 30 years, steering many of the advances made and commissioning a succession of award-winning programmes.

MG ALBA's policy of Digital First, where programmes appear on digital platforms before being seen on BBC ALBA, made big strides forward with *Somhairle Spins* and *Rudan Beaga Bòidheach* being commissioned for the iPlayer.

Both performed extremely well, proving particularly attractive to younger viewers, the holy grail for broadcasters. This success underlined the fact Gaelic content must follow our audiences to digital platforms. If we don't, we risk losing them forever.



Tràth ann an 2026, agus aire na dùthcha a' tionndadh gu Cupa Cruinne nam fear as t-samhradh, fhuair sinn an cùmhnannt gus geamannan bho Serie A na h-Eadailt a shealltainn. Abair gur b' e seo an soirbheachadh do chraoladh na Gàidhlig leis gur e BBC ALBA an aon seanail an-asgaidh san RA a sheall geamannan beò anns an robh gaisgich na h-Alba, leithid Scott McTominay, Lewis MacFhearghais agus Che Adams. Bha na criomagan bhidio aca air feadh nan ùrlaran sòisealta againn cuideachd a' tàladh luchd-amais ùra.

Tha na branndan ioma-ùrlair againn airson Gàidhlig ionnsachadh, SpeakGaelic agus LearnGaelic, air cumail orra a' dèanamh gu h-anabarrach math. Air Instagram, tha còrr is 100,000 neach-leantainn aig SpeakGaelic, àireamh iongantach nuair a smaoinicheas tu air an àireimh de luchd-labhairt Gàidhlig anns a' chunntas-sluaigh mu dheireadh.

B' e *Hebridean Baker: Nordic Islands* coimisean fèillmhor eile, le buaidh mhòr. Lean na camarathan againn Coinneach MacLeòid tro sheallaidhean-tìre iongantach fhad 's a bha e a' blasad biadh is deoch ionadail gun samhail air ceithir de na h-eileanan gu tuath agus sear oirnn. Tha seo air a bhith anabarrach soirbheachail air an iPlayer.

Ach, ged a tha iomadh duais agus prògraman buadh-mhor a' sealltainn gu soilleir gun urrainn dha luchd-dèanaimh phrògraman Gàidhlig farpais ris na craoladairean eadar-nàiseanta as fheàrr a th' ann, tha maoineachadh fhathast na fhìor dhùbhlan.

Tha buidseatan teann nan adhbhar èiginn is cràdh do choimiseanairean a dh'fheumas mòran bheachdan sgoinneil airson prògraman a dhiùltadh leis nach gabh pàigheadh air an son. Chan eil susbaint ùr a-nis a' dèanamh an-àirde ach 22% den toradh air BBC ALBA, sìos bho 40% nuair a thòisich an t-seanail ann an 2008, le naidheachdan agus spòrs a' dèanamh an-àirde a' mhòr-chuid de na prògraman seo. Tha an còrr den chlàr-ama air a lìonadh le ath-chraolaidhean. Chan e dòigh a tha seo airson luchd-amais a thàladh no a chumail.

Fhuair sinn dearbhadh gu bheil luchd-poilitigs ag aithneachadh cho duilich 's a tha cùisean dhuinn nuair a rinn Pàipear Uaine Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte air àm ri teachd a' BhBC luaidh air "maoineachadh seasmhach airson craoladh mhion-chànanan".

Early in 2026, as the nation's attention began to turn to the men's World Cup this summer, we secured the contract to show matches from Italy's Serie A. It was a remarkable coup for Gaelic broadcasting that BBC ALBA was the only free-to-air channel in the UK to show live matches featuring Scottish stars including Scott McTominay, Lewis Ferguson and Che Adams. Their starring clips also lit up our social platforms attracting new viewers.

Our multi-platform Gaelic learning brands, SpeakGaelic and LearnGaelic, have continued to perform extremely well. On Instagram, SpeakGaelic has more than 100,000 followers, an incredible following when you consider the number of Gaelic speakers in the last census.

Hebridean Baker: Nordic Islands was another popular, high-impact commission. Our cameras followed Coinneach MacLeod through breathtaking scenery as he tasted unique, local produce on four of the islands to the north and east of us. This has proved a big hit on the iPlayer.

However, while multiple awards and high-impact shows clearly demonstrate Gaelic language programme makers can compete with the best of international broadcasters, funding remains a massive challenge.

Tight budgets leave commissioners with the headache and heartache of having to discard many brilliant ideas because they cannot be paid for. New content now only accounts for 22% of the output on BBC ALBA, down from 40% when the channel was launched in 2008, with news and sport responsible for most of this output. The rest of the schedule is filled by repeats. This is not a recipe for attracting or retaining audiences.

We were reassured our plight is being recognised by politicians when the UK Government's Green Paper on the future of the BBC mentioned "sustainable funding for minority language broadcasting".



Bha e na fhaochadh dhuinn cuideachd nuair a thuir Riaghaltas na h-Alba gum biodh buidseat bliadhna MG ALBA a' dol suas faisg air £2M.

Às dèidh deich bliadhna de mhaoineachadh reòta a lùghdaich luach ar buidseit còrr is 40%, leig an t-airgead a bharrachd seo leinn Black Camel Pictures a choimiseanadh airson an dàrna sreath de *An t-Eilean*. Chaidh a mhaoineachadh le MG ALBA, Sgrion Alba, Black Camel Pictures (BCP), All3Media International, BBC, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (HIE) agus Comhairle nan Eilean Siar (CnES). Tharraing e cuideachd Creideasnan Cìse Lèir-chlaistinn AVEC.

Tha an t-àrdachadh seo a' ciallachadh gu bheil buidseat iomlan BBC ALBA agus na h-ùrlaran didseatach a chleachdas sinn a-nis aig £25M, air a dhèanamh suas de £15M bho Mhinistearan na h-Alba agus tabhartas a' BhBC de £10M.

Tòrr airgid dhan a' mhòr-chuid de dhaoine ach, a thaobh telebhisean, tha sinn fhathast ann an taigh nam bochd.

Mar choimeas, fhuair an t-seanail Chuimreach S4C còrr is £120M bho chead-craolaidh TBh na RA am-bliadhna. Bho thòisich an t-seanail ann an 1982, tha an t-seilbheachd ann an craoladh Cuimreach air an eaconamaidh a bhrosnachadh, iomhaigh a' chànan a thogail agus air cuideachadh le bhith ag àrdachadh àireamh an luchd-labhairt.

Mar sin, tha an iomairt againn airson barrachd maoineachaidh air leantainn le spionnadh ùr: Carson, tha sinn a' faighneachd, a tha aon chànan Ceilteach airidh air seilbheachd de £100M sa bhliadhna nas motha na an tèile?

Ge bith ciamar a sheallas tu air àireamh luchd-labhairt Cuimris is Gàidhlig an aghaidh a' mhaoineachaidh a gheibh gach cànan, tha cuibhreann MG ALBA fada nas ìsle na tha sinn a' creidsinn a bu chòir dha a bhith.

Mar a bhios sinn an-còmhnaidh a' cuimhneachadh do luchd-poilitigs, tha airgead a thèid a chosg air craoladh Gàidhlig na sheilbheachd a chruthaicheas £1.34 airson gach £1 a gheibhear – figearan bho aithisg a rinn na cunntasairean, Ernst & Young (EY).

Anns an Iuchar 2025, bha na h-uile a bha eòlach air an duine, brònach nuair a chuala iad gun robh Niall Friseal, aon de ghaisgich craolaidh na Gàidhlig, air bàsachadh aig

We were also relieved when the Scottish Government announced MG ALBA's annual budget would be increased by nearly £2M.

After a decade of frozen funding that reduced the value of our budget by more than 40%, this extra money allowed us to commission Black Camel Pictures for the second series of *An t-Eilean*. It was funded by MG ALBA, Screen Scotland, Black Camel Pictures (BCP), All3Media International, BBC, Highlands & Islands Enterprise (HIE) and Comhairle nan Eilean Siar (CnES). It also attracted AVEC Audio-visual Tax Credits.

This increase means the total budget for BBC ALBA and the digital platforms we use to deliver for our audiences now stands at £25M, made up of £15M from Scottish Ministers and the BBC contribution of £10M.

It seems like a lot of money but, in television terms, we are still paupers.

For comparison, the Welsh language channel S4C received more than £120M from the UK licence fee this year. On the air since 1982, the investment in Welsh broadcasting has stimulated the economy, raised the profile of the language and helped increase the number of speakers.

So, our campaign for increased funding has continued with renewed vigour: Why, we ask, is one Celtic language worthy of an investment of £100M per year more than the other?

No matter how you slice and dice the number of speakers of Welsh and Gaelic against the funding each receives, the MG ALBA settlement falls far short of where we believe it should be.

As we keep reminding politicians, money spent on Gaelic broadcasting is an investment that creates £1.34 for every £1 received - figures from a report produced by the accountants, Ernst & Young (EY).

In July 2025, everyone who knew him was saddened to hear Neil Fraser, one of the giants of Gaelic broadcasting, had passed away at 86. In the mid-



aois 86. Ann am meadhan nan ochdadan, mar cheannard roinn na Gàidhlig aig a' BhBC, thòisich e air pròiseact ùr a tha a-nis na seirbheis làitheil, Radio nan Gàidheal, a' craoladh bho 07:30 gu meadhan oidhche, agus a tha air iomadh duais a chosnadh thar nam bliadhnaichean.

Bha a bhuidh air telebhisean a cheart cho buannachdail. Mar Chathraiche tràth air MG ALBA, bha Niall air leth cudromach anns na còmhraidhean a lean gu stèidheachadh BBC ALBA. Às dèidh dha a dhreuchd a leigeil dheth bhon BhBC, chuir e grunn bhliadhnaichean seachad mar cheannard air cùrsa nam meadhanan aig Sabhal Mòr Ostaig san Eilean Sgitheanach, a' teagasg agus a' brosnachadh ginealach ùr de thàlant a chluinneas tu a-nis air an rèidio agus a chì thu air na sgrìonaichean againn.

Duine sìobhalta, glic, bha Niall ga ghiùlan fhèin le misneachd agus bha e cuideachd beannaichte le pearsa tarraingeach, snog agus comas àbhachdais miorbhaileach.

Aig àm nuair a bha ar cànan a' strì airson aithne agus buntainneachd, thug e misneachd do luchd-labhairt na Gàidhlig ann an trannsaichean a' BhBC.

Dh'fhàg Niall agus a ghinealach dìleab craolaidh barraichte againn air an rèidio, telebhisean agus a-nis air ùrlaran didseatach. Tha e an urra rinne cur ris na thog iadsan a dhèanamh cinnteach gum faigh a' Ghàidhlig an taic ionmhais gus leantainn air adhart a' dèanamh susbaint tharraingeach, a' cruthachadh obraichean agus a' toirt taic do dh'fhàs a bharrachd ann an àireamh an luchd-labhairt.

eighties, as the head of the Gaelic department at the BBC, he began to pull together a disparate group of programmes into what is now a multi award-winning daily service on Radio nan Gàidheal from 07:30 until midnight.

His pioneering impact on television was equally profound. As an early Chair of MG ALBA, Neil was a pivotal player in the negotiations that led to the establishment of BBC ALBA. After retiring from the BBC, he spent several years as head of the media course at Sabhal Mòr Ostaig in Skye, teaching and inspiring a generation of young talent you can now hear on radio and see on our screens.

Urbane and highly intelligent, Neil carried himself with confidence and was also blessed with effortless charm and a wicked sense of humour.

At a time when our language was struggling for recognition and relevance, he showed Gaelic speakers how to walk tall in the corridors of the BBC.

Neil and his generation left us a wonderful broadcast legacy on radio, television and now on digital platforms. It is up to us to build on their foundations to ensure Gaelic receives the financial backing to continue to provide compelling content, create jobs and support further growth in the number of speakers.

IAIN MOIREASDAN
CATHRAICHE



JOHN MORRISON
CHAIR



Is e bliadhna adhartais a th' air a bhith aig MG ALBA, le soirbheachas follaiseach cho math ri cuid de dhùbhlain.

Dh'fhàs ar luchd-amais didseatach gu làidir, air an tàladh le raon de shusbaint ùr, innleachdach leithid *Somhairle Spins* (Solus Productions) agus *Rudan Beaga Bòidheach* (MacTV). Ach, chaidh buaidh seo a lùghdachadh gu ìre leis a' chrìonadh leantainneach ann an luchd-amais telebhisein. Mar thoradh, ged a bha ruigsinneachd sheachdaineil cunbhalach san fharsaingeachd airson susbaint Ghàidhlig air feadh BBC ALBA, LearnGaelic, SpeakGaelic agus FilmG, chunnaic sinn atharrachaidhean susbainteach ann an roghainnean ùrlair.

A dh'aindeoin nan atharrachaidhean sin, bha sinn toilichte gu robh luachadh luchd-amais faisg air na h-ìrean eachdraidheil a ràinig e bho chionn beagan bhliadhnaichean, a' dearbhadh ruigsinneachd agus buntainneachd ar susbaint mheadhanan Gàidhlig, ge bith dè an t-ùrlar.

Is e ar raon-dleastanais airson MG ALBA caochladh farsaing de shàr phrògraman sa Ghàidhlig. Mar a bha atmhorachd riochdachaidh a' sìor dhol thairis air fàs ann am maoinneachadh, dh'fhàs e na bu dhuilghe na h-uairean toraidh againn a chumail suas. A dh'aindeoin sin, dh'fhaodte a ràdh gu robh ar raon susbaint nas fharsainge na tha e air a bhith airson ùine.

Thug fìor dheagh phrògraman leithid *Samhradh air Sàl* (Corran Media) air YouTube an toiseach agus *Cùram* (MacTV) dlùth-fhianais a bha tric làn faireachdainn air eòlasan muinntir coimhearsnachd na Gàidhlig anns na h-eileanan.

The year just ended was a year of progress for MG ALBA, with notable successes as well as some challenges.

Our digital audiences grew strongly, responding to new and innovative content such as *Somhairle Spins* (Solus Productions) and *Rudan Beaga Bòidheach* (MacTV), to name just two. This was somewhat offset by the continuing decline in television audiences. As a result, while the overall weekly reach of our Gaelic content across BBC ALBA, LearnGaelic, SpeakGaelic and FilmG was steady, we saw significant changes in platform preferences.

Given those changes, we were pleased that audience appreciation remained near its historic highs of recent years, assuring us of the reach and relevance of our Gaelic media content, no matter the platform.

Our remit for MG ALBA is for a wide and diverse range of high-quality programmes in Gaelic. As production inflation continued to outstrip growth in funding, it became increasingly difficult to maintain our hours of output. Nevertheless, our content range was arguably the widest it has been for some time.

Gems such as *Samhradh air Sàl* (Corran Media) on YouTube first and *Cùram* (MacTV) gave intimate and often emotional witness to the experiences of members of the Gaelic community in the islands.



LÈIRMHEAS AN ÀRD-OIFIGEIR

CHIEF EXECUTIVE'S REVIEW

Johnathan Purcell



Ann am pàirt eile den obair againn, bha craoladh BBC ALBA de bhall-coise Serie A na h-Eadailt (Sunset+Vine) – leis a’ cheòl agus na grafaigean suaicheanta bho Football Italia (Seanail 4) – na thlachd do luchd-amais Gàidhlig agus nas fharsainge le bhith a’ toirt cunntas air euchdan cluicheadairean ball-coise Albannach san Eadailt, anns an ùine ro Chupa na Cruinne.

Bha *Hebridean Baker: Nordic Islands* (CaledoniaTV) a’ rannsachadh cultaran bìdh sònraichte eileanan am measg sheallaidhean àlainn, agus chaidh ainmeachadh airson duaisean cliùiteach, agus b’ e *Mas Fhìor* (Beezr Studios) a’ chiad phrògram ceisteachain aig BBC ALBA airson grunn bhliadhnaichean.

A dh’aindeoin nan dùbhlann ionmhais a bha a’ sìor fhàs san roinn againn, fhuair riochdairean neo-eisimeileach barrachd co-mhaoineachaidh airson ar pròiseactan na bha sinn an dùil.

Aig crìoch na bliadhna ionmhais, chuir sinn ainm ri cùmhnant le Black Camel Pictures (BCP) airson an dàrna sreath de *An t-Eilean*, prògram cho susbainteach ‘s gu bheil e a’ cosnadh Creideas Cosgais Lèir-chlaistinn airson “TBh àrd-inbhe”. Tha seo a’ cur maoineachadh Riaghaltas na RA ri maoineachadh MG ALBA, BBC, Screen Scotland, All3Media International, BCP, Iomairt na Gàidhealtachd ‘s nan Eilean (HIE) agus Comhairle nan Eilean Siar (CnES).

Am measg susbaint eile a fhuair co-mhaoineachadh bha *Hebridean Baker: Nordic Isles*, *Mas Fhìor*, *Rudan Beaga Bòidheach*, an dràma goirid *Loch nam Madadh* (Storyboard Studios), agus *Am Balla* (Rondo Media). Am measg chompartichean anns na pròiseactan sin tha Sgrìn Alba, TG4, Riaghaltas na Cuimrigh, Freemantle agus Cineflix Distribution.

Tha sinn taingeil do na compàirtichean co-mhaoineachadh susbaint againn uile, a bharrachd air Institiud Film Bhreatainn (BFI) agus Alba Chruthachail airson gealltainn taic a thoirt do phrògram trèanaidh airson 23 neach thar seachd pròiseactan suas gu Ògmhios 2026.

On another part of our spectrum, BBC ALBA’s coverage of Italian Serie A football (Sunset+Vine) - with the original iconic Football Italia (Channel 4) music and graphics - pleased both core and wider audiences by profiling the exploits of Scottish football players in Italy, in the run up to the World Cup.

The beautifully shot *Hebridean Baker: Nordic Islands* (CaledoniaTV) explored unique island food cultures, securing nominations for prestigious awards, and the brand new *Mas Fhìor* (Beezr Studios) was BBC ALBA’s first quiz show format for some years.

Despite the increasing financial challenges in our sector, independent producers secured more co-funding for our projects than we had anticipated.

As the financial year drew to a close, we signed a contract with Black Camel Pictures (BCP) for a second series of *An t-Eilean*, a show whose scale takes it into the domain of Audio-visual Expenditure Credits for “high-endTV”. This adds UK Government funding to that of MG ALBA, BBC, Screen Scotland, All3Media International, BCP, Highlands & Islands Enterprise (HIE) and Comhairle nan Eilean Siar (CnES).

Other co-funded content included *Hebridean Baker: Nordic Isles*, *Mas Fhìor*, *Rudan Beaga Bòidheach*, short-form drama *Loch nam Madadh* (Storyboard Studios), and *Am Balla* (Rondo Media). Partners in those projects include Screen Scotland, TG4, Welsh Government, Freemantle and Cineflix Distribution.

We are grateful to all our content co-funding partners, as well as to the British Film Institute (BFI) and Creative Scotland for their commitment to support a training programme for 23 individuals across seven projects in the current period up to June 2026.



Lèirmheas Dèanadais

Aig toiseach na bliadhna, bha trì prìomh amasan againn airson ar meadhanan: frithealadh don choimhearsnachd Ghàidhlig; a' Ghàidhlig a chur air àrd-ùrlair nàiseanta agus eadar-nàiseanta; agus taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.

1. A' frithealadh luchd-cleachdaidh na Gàidhlig

Shuidhich sinn targaid àrd-amasach dhuinn fhìn gus an luchd-amais bunaiteach againn fhàs agus, san fharsaingeachd, choilean sinn staid sheasmhach le fàs didseatach a' cothromachadh crìonadh ann an luchd-amais telebhisein. Taobh a-staigh sin, chunnaic sinn fàs anns an luchd-amais bhunaiteach iomlan againn eadar 16-44, le tabhartas mòr bho LearnGaelic agus SpeakGaelic. Cha do thuit ùine coimhead cuibheasach ach beagan agus dh'fhan luachadh luchd-amhairc àrd.

A' coimhead air adhart, brosnachaidh prògram Às Ùr do luchd-cruthachaidh Gàidhlig agus pròiseact film goirid FilmG cruthachadh susbaint dhidseatach leis agus airson an luchd-amais bhunaiteach.

2. A' cur na Gàidhlig air àrd-ùrlair nàiseanta agus eadar-nàiseanta

Ann an co-theacsa nas fharsainge, bha buileachadh duais Grand Prix Circom air *An t-Eilean* na chlach-mhìle shuaicheanta airson craoladh na Gàidhlig aig àm nuair a bha àireamh iomlan nan seallaidhean bhidio den t-susbaint Ghàidhlig againn, a' gabhail a-steach fàs leantainneach air BBC iPlayer, a' sìor dhol am meud. Ann an Alba, ràinig BBC ALBA timcheall air seachd sa cheud den luchd-amhairc gach seachdain, a' cur ri sunnd sòisealta agus eaconamach na h-Alba ann an grunn dhòighean.

3. A' toirt taic do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig

Dh'fhàs an t-iartras airson ar susbaint bhidio SpeakGaelic agus LearnGaelic gu làidir cuideachd, a' dèanamh an-àirde trìan de na seallaidhean bhidio iomlan agus a' cur gu mòr ri àrdachadh ann an ionnsachadh na Gàidhlig air feadh na h-Alba agus thall thairis.

Performance Review

At the start of the year, we had three key aims for our media: to serve the Gaelic community; to bring Gaelic to the national and international stage; and to support Gaelic learners.

1. Serving users of Gaelic

We set ourselves an ambitious target to grow the core audience and, in overall terms, achieved a steady state as our digital gains offset television decline. Within that, we saw growth in our overall 16-44 core audience, with LearnGaelic and SpeakGaelic making a significant contribution. Average viewing duration fell only slightly and viewer appreciation remained high.

Looking ahead, the Às Ùr programme for Gaelic creators and the FilmG short film project will stimulate digital content creation by and for the core audience.

2. Bringing Gaelic to the national and international stage

On the wider stage, the award of Circom's Grand Prix to *An t-Eilean* was a landmark moment for Gaelic broadcasting at a time when total video views of our Gaelic content, including sustained growth on the BBC iPlayer, continued to rise. In Scotland, BBC ALBA reached around seven percent of viewers in Scotland each week, contributing to Scotland's social and economic wellbeing in a range of ways.

3. Supporting Gaelic learners

Demand for our SpeakGaelic and LearnGaelic video content also grew strongly, contributing a third of overall video views and making a major contribution to a surge in Gaelic learning across Scotland and internationally.



Dèanadas Ionmhais

B' e £16.2M an teachd-a-steach airgid againn airson na bliadhna, £15.6M dheth bho Riaghaltas na h-Alba, leis a' chòrr a' tighinn bho mhàl luchd-gabhail, cìsean seirbheis, leabhraichean SpeakGaelic agus diofar stòran eile. Am measg na bha seo, bha £0.8M a thug Riaghaltas na h-Alba airson caiteachas calpa agus £0.2M bho HIE mar thabhartas calpa a dh'ionnsaigh an dàrna sreath de *An t-Eilean*.

Rinn sinn £10.5M de sheilbheachd dìreach ann an susbaint choimiseanaichte, a' cruthachadh 325 uair a thìde de shusbaint air a mhaoineachadh le MG ALBA.

Le dealbhadh ionmhais faiceallach, b' urrainn dhuinn beagan a bharrachd na bha san amharc a chosg air siubhal agus taic HR, agus chruinnich sinn an luchd-obrach uile anns an oifis againn ann an Steòrnabhagh airson trì latha san t-Samhain airson adhbharan leasachaidh luchd-obrach.

Uile gu lèir, b' e còrr de £0.2M an toradh airson na bliadhna. Bha sinn air buidseatadh airson easbhaidh de £0.7M ach, le cuid de phrìomh riochdachaidhean a' dol thairis air deireadh na bliadhna ionmhais agus grunn dhreuchdan luchd-obrach bàn, chrìochnaich sinn a' bhliadhna le còrr.

Leig maoinachadh calpa leinn ar cunntasan a neartachadh leis a' chiad ùrachadh air ar bun-structar mheadhanan ann an còrr is 10 bliadhna, a bharrachd air uinneagan ùra, èifeachdach agus siostam teas meadhanach ùr. Ach, sheall sgrùdadh thogalaichean air ar n-oifisean air Rathad Shìophoirt gu bheil tuilleadh obair leasachaidh a dhith.

Aig deireadh na bliadhna, bha £761k againn nar cunntas banca, agus bha a h-uile càil dheth air a chomharrachadh airson caiteachas sa Ghiblean.

Financial Performance

Our cash income for the year was £16.2M of which the Scottish Government provided £15.6M, with the balance coming from tenant rents, service charges, SpeakGaelic books and miscellaneous other sources. Included in this was £0.8M provided by the Scottish Government for capital expenditure and £0.2M from HIE as a capital contribution towards the second series of *An t-Eilean*.

We directly invested £10.5M in commissioned content, resulting in 325 hours of MG ALBA-funded content.

Careful financial planning allowed us to spend a bit more than budgeted on travel and HR support, as we brought all staff together in our Stornoway office for three days in November and invested in staff development.

Overall, the outturn for the year was a surplus of £0.2M. We had budgeted for a deficit of £0.7M but, with some major productions bridging the end of the financial year and several staff positions being vacant, we ended the year in surplus.

Capital funding allowed us to strengthen our balance sheet with the first refresh of our media infrastructure in over 10 years, as well as replacing old, inefficient windows and the failing central heating system. A property report on Seaforth Road media campus indicated, however, that further remedial works are required.

At the close of the year, we had £761k in our bank account, all of which was earmarked for expenditure arising in April.



Cruth-atharrachadh

Is e aon de na gnìomhan as duilghe as urrainn do bhuidheann a dhèanamh i fhèin atharrachadh gus dèiligeadh ri suidheachaidhean a tha ag atharrachadh gu luath. Agus chan eil astar an atharrachaidh a' fàs càil nas slaodaiche.

Rè na bliadhna, lean sinn oirnn a' leasachadh ar siostaman dearbhaidh agus dàta agus thòisich sinn air siostaman sruth-obrach bhidio is sgrìobhainnean ùra a chur an gnìomh. Chuir sinn sgiobaidhean BBC ALBA agus Ionnsachaidh còmhla cuideachd agus sinn a' gluasad a dh'ionnsaigh shiostaman co-roinnte agus speisealachdan didseatach. Tha e air a bhith na dhùbhlán atharrachadh a chur an gnìomh agus aig an aon àm cumail oirnn leis an obair làitheil ach tha fios-air-ais gar cuideachadh a' cumail air a' chùrsa cheart.

An t-àm ri teachd

Dh'fhaodadh ùrachadh Cairt Rìoghail a' BhBC ann an 2027 a bhith na àm air leth cudromach airson craoladh Gàidhlig. Ma bheir Cairt ùr inbhe, maoineachadh agus follaiseachd do chraoladh Gàidhlig, tha cothrom nas fheàrr ann gum faigh MG ALBA cinnt agus gu leòr maoineachaidh cuideachd.

Leis cho luath 's a tha an t-atharrachadh, agus an cothrom bunait nas tèarainte fhaighinn airson craoladh Gàidhlig ann an Cairt BBC ùr, cho-dhùin sinn Lèirsinn MG ALBA, ar sealladh airson an ama ri teachd, ùrachadh. Thèid seo fhoillseachadh anns a' bhliadhna a tha romhainn.

Tha sinn air leth toilichte gun do chruinnich Riaghaltas na h-Alba ar maoineachadh bliadhnail airson 2026/27 uile ann an tabhartas bunaiteach de £15M, a' toirt dhuinn tomhas nas motha de chinnt. Ged nach robh an t-àrdachadh a rèir atmhòrachd, tha sinn a' cur fàilte air an t-slighe a tha cùisean a' gabhail agus sinn a' sireadh maoineachadh ioma-bhliadhnail, gu h-àraidh a rèir rèiteachadh Cairt BBC nas fheàrr.

Transformation

One of the hardest tasks an organisation can undertake is to transform itself to address fast-changing circumstances. And the pace of change is not slowing down.

During the year, we continued to improve our assurance and data systems and began the implementation of new video and document workflow systems. We also combined the BBC ALBA and Learning teams as we moved towards shared systems and digital specialisms. Implementing change while delivering the day job has been a challenge but feedback is helping with course corrections and adoption.

The future

The renewal of the BBC's Royal Charter in 2027 could be a watershed moment for Gaelic broadcasting. If a new Charter grants standing, funding and prominence to Gaelic broadcasting, there is a better prospect that MG ALBA will also secure certainty and sufficiency of funding.

Given the pace of change, and the opportunity to gain a more secure footing for Gaelic broadcasting in a new BBC Charter, we decided to refresh MG ALBA's Lèirsinn, our vision for the future. This will be published in the coming year.

We are delighted that the Scottish Government consolidated our annual funding for 2026/27 into a baseline grant of £15M, giving us a greater measure of certainty. Although the uplift did not match inflation, we welcome the direction of travel as we seek multi-year funding, ideally in line with an improved BBC Charter settlement.



Buidheachas

Tha sinn a' toirt taing do Riaghaltas na h-Alba – ministearan agus oifigearan – airson an taic ionmhasail, practaigeach agus brosnachail. Tha sinn cuideachd taingeil do ar co-thasgairan ann an susbaint agus sgilean Gàidhlig, air an ainmeachadh gu h-àrd, a bharrachd air sgeama AVEC Riaghaltas na RA. Tha an co-sheilbheachd seo a' toirt susbaint Ghàidhlig chun sgrion nach biodh comasach air dhòigh eile.

Rè na bliadhna, dh'fhàg Fiona NicChoinnich sinn airson dreuchd ùr mar Cheannard Ùghdarras a' Chlò Hearaich. Chuir Fiona an saoghal an aithne do BhBC ALBA air a' chiad oidhche aige agus b' i "aodann na seanail" airson iomadh bliadhna. A bharrachd air a bhith ag èirigh gu dreuchd Neach-deasachaidh Coimiseanaidh, bha Fiona na neach-aithris agus na cleasaiche air mòran de phrògraman BBC ALBA. Tha sinn a' toirt taing mhòr do Fiona agus a' guidhe gach soirbheachas dhi na dreuchd ùr.

Mar a tha ar Compàirteachas Susbaint Coimhearsnachd a' tighinn gu crìch, tha sinn a' toirt taing do Liz NicBheathain a bha os cionn a' phròiseict dhuinn, agus a' cur meal-a-naidheachd air Abbie Mhoireasdan a fhuair Duais Oileanach na Bliadhna aig OGE a Tuath, an Iar agus Innse Gall far an do ghabh i fhèin, agus na compàirtichean eile, modalan BA ann am Filmeadh Co-aimsireil. Meal-a-naidheachd cuideachd air Innes MacLeòid airson ceum urramach den chiad ìre a choileanadh mar phàirt den phreantasachd cheumnaiche pàirt-mhaoinichte aige aig MacTV.

Tha sinn cuideachd a' toirt taing do Astar Media airson FilmG a libhrigeadh a-rithist, agus airson an tachartas soirbheachail againn Às Ùr a chur air dòigh, a thug còmhla luchd-cruthachaidh òg bho air feadh na h-Alba. Tha ar taing cuideachd a' dol gu Ferry Media, Silbury agus Smash Media, a tha uile air taic a thoirt dhuinn a thaobh ùr-ghnàthachadh didseatach.

Gu sònraichte, tha mi a' toirt taing don luchd-obrach againn, don Bhòrd agus don choimhearsnachd riochdachaidh tàlantach againn. Am measg aimhreit shòisealta agus ùpraid ann an saoghal nam meadhanan, tha sinn air uimhir a libhrigeadh còmhla air am faod sinn a bhith moiteil. Còmhla ri ar compàirtichean, am BBC agus Sabhal Mòr Ostaig, tha sinn a' neartachadh beatha luchd-cleachdaidh nam meadhanan agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, agus bu chòir an deagh thabhartas sin a bhith na bhrosnachadh dhuinn.

Acknowledgements

We thank the Scottish Government – ministers and officials - for their financial, practical and motivational support. We thank also our co-investors in Gaelic content and skills, named above, as well as the UK Government's AVEC scheme. This co-investment brings Gaelic content to screen that would not otherwise be possible.

During the year, Fiona MacKenzie left us to join the Harris Tweed Authority as their new CEO. Fiona introduced the world to BBC ALBA on its first night and was the "face of the channel" for many years. As well as progressing to the role of Commissioning Editor, Fiona presented and acted on many of BBC ALBA's shows. We owe Fiona a huge debt of gratitude and wish her every success in her new role.

As our Community Content Partnership draws to a close, we thank Liz MacBain who oversaw the programme for us, and congratulate Abbie Morrison who was awarded Student of the Year Award at UHI North, West and Hebrides where she, and the other participants, undertook modules in UHI's BA in Contemporary Filmmaking. Congratulations also to Innes MacLeod for achieving a first-class honours degree as part of his part-funded graduate apprenticeship at MacTV.

We also thank Astar Media for delivering FilmG once again, and for organising our highly successful Às Ùr event, which drew together young creatives from all over Scotland. Our gratitude also goes to Ferry Media, Silbury and Smash Media, all of whom have supported us in pushing the digital boundaries.

Most especially, I thank our staff, Board and talented production community. In an environment of societal turbulence and media disruption, collectively we have delivered so much to be proud of. With our partners, the BBC and Sabhal Mòr Ostaig, we are helping to enrich the lives of media consumers and learners of Gaelic, and we should take encouragement from the positive contribution that is making.



Tha mi cuideachd a' cur mo cho-fhaireachdainn an cèill do theaghlàichean Nèill Fhriseil, a bha na chathraiche roimhe, agus an t-Ollamh Raibeart Beveridge, caraid craoladh Gàidhlig, a chaochail rè na bliadhna an dèidh dhaibh an cuid dreuchdan a chur seachad gu maith seirbheis phoblach.

Mu dheireadh, bu mhath leam ar luchd-amais a chomharrachadh, agus gu sònraichte moladh a thoirt do na h-àireamhan a tha a' sìor fhàs de dhaoine a tha a' cur ri BBC ALBA agus BBC Radio nan Gàidheal, a' toirt dhuinn ìomadhachd bheachdan agus riochdachadh nas fheàrr de na coimhearsnachdan air a bheil sinn a' frithealadh.

Taing mhòr dhuibh uile.

I also offer my condolences to the families of Neil Fraser, former chairman, and Professor Robert Beveridge, friend of Gaelic broadcasting, who both passed away during the year after devoting their careers to public service.

Finally, I'd like to celebrate our audiences, and especially to praise the increasing numbers of those who are contributing to BBC ALBA and BBC Radio nan Gàidheal, giving us diversity of voice and better representation of the communities we serve.

Taing mhòr dhuibh uile.

DÒMHNALL CAIMBEUL
ÀRD-OIFIGEAR



DONALD CAMPBELL
CHIEF EXECUTIVE



A' FRITHEA AN LUCHD

**SERVING
THE AUDIENCE**



ALADH -AMMAIS





LUCHD-AMAIIS

Tha luchd-amais gan sìor thàladh gu seirbheisean sruthaidh agus YouTube, le TBh loidhneach a' crìonadh san fharsaingeachd. Mheudaich iPlayer BBC ALBA beagan an taca ris a' bhliadhna ionmhais roimhe le còrr is 8.8M sealladh, còrr is 50% bho thìotalan cloinne. Fhuair susbaint ghoirid 46.7M sealladh thar gach ùrlar, fàs de 72%. Chaidh oidhirpean gus seirbheis a thoirt do luchd-amais fo aois 35 am meud gu luath le sia coimiseanan ùra ann an dibhearsan firinneach, le trì a chaidh a chraoladh gu ruige seo air ùrlaran neo-loidhneach uile a' faighinn barrachd compàirteachadh luchd-amais. Bidh luchd-amais de gach aois, gu sònraichte nas òige na 16, a' coimhead YouTube, rud a tha a' tarraing ùidh MG ALBA.

8.8M

SEALLA VIEWS



AUDIENCES

Audience consumption patterns continue to migrate to streaming services and YouTube, with linear TV declining overall. BBC ALBA's iPlayer increased slightly on the previous financial year by 1.3% with over 8.8M views, over 50% from children's titles. Short-form content garnered 46.7M views on all platforms, growth of 72%. Efforts to serve under-35 audiences increased in velocity with six new factual-entertainment series commissioned, with three broadcast to date on non-linear platforms all yielding increased audience engagement. YouTube is a destination for viewers of all ages, particularly the under-16s, and an area of interest for MG ALBA.

AIDHEAN AIR IPLAYER ON IPLAYER



DRÀMA

Bha obair a' dol air adhart rè na bliadhna ionmhais a dh'ionnsaigh leasachadh sgrìobt agus crìochnachadh plana ionmhais airson dàrna sreath de *An t-Eilean* (Black Camel Pictures). Chaidh ceithir sgrìobtaichean leis an neach-cruthachaidh Nicholas Osborne agus an co-sgrìobhadair Mairead Hamilton a leasachadh le taic bho Sgrìn Alba, Black Camel Pictures (BCP) agus All3Media International, agus thòisich am filmeadh sa Mhàrt 2026. Bidh Sorcha Groundsell, am prìomh chleasaiche Gàidhlig, a' gabhail pàirt a-rithist le sgioba de thàlant ùr agus sgeulachdan a bhios gar toirt gu taobhan ùra is nas duirche de bheatha an eilein. Fhuair leasachadh airson an t-sreath bho MG ALBA mar phrìomh mhaoiniche, Sgrìn Alba, All3Media International, HIE, CnES agus BCP le creideas cìse UK AVEC a' crìochnachadh a' phlana ionmhais.

Thòisich filmeadh cuideachd air an t-sreath dràma goirid didseatach *Loch nam Madadh* (Storyboard Studios) a chaidh a choimiseanadh le BBC Scotland, le pàirt-mhaoineachadh bho Sgrìn Alba, do luchd-amais 18-24. B' e na sgrìobhadairean Claire Aza-Selinger agus Maureen NicLeòid agus thèid an sreath a chraoladh nas fhaide ann an 2026 air YouTube BBC ALBA agus BBC iPlayer.

Tha MG ALBA fhathast a' seilbheachd ann an leasachadh dràma leis a' chompairteachadh aca ann an sgeama leasachadh tàlaint *Take Three* air a mhaoineachadh le Sgrìn Alba. Chruthaich *Take Three* aon dràma 15-mionaid, *Crùbag* (The Comedy Unit), air a stiùireadh le Lana Pheutan agus air a sgrìobhadh le Will Moireach. Lean an obair air adhart gu 2026 le maoineachadh bho MG ALBA airson dà dhràma goirid 15-mionaid eile a tha gan dèanamh.

Chaidh am film goirid *Teàrnadh* (air a sgrìobhadh le Cailean Dòmhnallach agus air a stiùireadh le Mairead Hamilton), pìos meòrachail air mòr-thubaist an Iolair, a chraoladh air Latha na Bliadhn' Ùire, ceann-bliadhna na tubaist.



DRAMA

Development work was ongoing during the financial year to secure the script development and finance plan completion for a second series of *An t-Eilean* (Black Camel Pictures). Four scripts by creator Nicholas Osborne and co-writer Mairead Hamilton were developed with support from Screen Scotland, Black Camel Pictures (BCP) and All3Media International, and filming commenced in March 2026. Gaelic lead Sorcha Groundsell will reprise her lead role with a new roster of talent as the storylines take us to new and darker aspects of island life. Funding for the series was drawn from MG ALBA as lead financier, Screen Scotland, All3Media International, HIE, CnES and BCP with UK AVEC tax credit completing the finance plan.

Filming also commenced on the short-form digital-first drama series *Loch nam Madadh* (Storyboard Studios) co-commissioned with BBC Scotland, part funded by Screen Scotland and aimed at an 18-24 audience. Writing talent in the shape of Claire Aza-Selinger and Maureen MacLeod brought another first to fruition, with the series due to broadcast later in 2026 on BBC ALBA YouTube and BBC iPlayer.

MG ALBA continues to invest in drama development with its involvement in the *Take Three* talent development scheme funded by Screen Scotland. *Take Three* yielded one 15-minute drama *Crùbag* (The Comedy Unit) directed by Lana Pheutan and written by Will Murray, with the work continuing into 2026 with MG ALBA funding for a further 2 x 15-minute short dramas in progress.

The short film *Teàrnadh* (written by Colin MacDonald and directed by Mairead Hamilton), a reflective piece on the Iolair disaster, was broadcast on the New Year's Day anniversary.



IONNSACHADH

Tha SpeakGaelic agus LearnGaelic a' leantainn air adhart mar bhrannan gus ionnsachadh na Gàidhlig ath-bheothachadh. Leis na prìomh ìrean riochdachaidh deiseil, tha MG ALBA fhathast a' toirt taic don bhrann SpeakGaelic tro choimiseanan susbaint ghoirid ùra mar thaic do luchd-ionnsachaidh agus tha compàirteachasan ann le fèisean agus buidhnean spòrs aig ìre na coimhearsnachd leithid Alba FA.

Tha na branndan ionnsachaidh a' sìor fhàs ged a tha cuid de raointean leithid ùine coimhead YouTube fhathast na dhùbhlán, ach sheall an dà bhrann ruigsinneachd nas motha am measg an aois 16-44. Bha 72% de luchd-leantainn SpeakGaelic air ùrlaran mheadhanan sòisealta bho thaobh a-muigh na RA, a' toirt ruigsinneachd chruinneil do MG ALBA, rudeigin a tha sinn gu mòr airson brath a ghabhail air.

Tha dàimh an dà bhrann leis a' choimhearsnachd ionnsachaidh fhathast làidir, a tha a' dèanamh an-àirde timcheall air 33% de na seallaidhean susbaint ghoirid iomlan air ùrlaran mheadhanan sòisealta BBC ALBA agus YouTube le ìre fàis iongantach de +68% no 18.6M seallaidhean susbaint.

Fhuair ùrlaran sòisealta LearnGaelic fàs bliadhna an dèidh bliadhna de 932% air sgàth riochdachadh air a stiùireadh le dàta agus anailis luchd-amais, agus tha fèill an-còmhnaidh air an fhaclair a tha na chlach-stèidh ann an saoghal ionnsachadh na Gàidhlig.





LEARNING

SpeakGaelic and LearnGaelic continue as brands to revitalise support for Gaelic language acquisition. Now the main production phases are complete, MG ALBA continues to support the SpeakGaelic brand via new short-form content commissions to support learners' language journeys and enjoys partnerships with festivals and grassroots sports agencies such as Alba FA.

The learning brands continue to grow with some areas such as YouTube watch time remaining a challenge, while both brands showed increased reach among the 16-44 age range. SpeakGaelic followers on social media platforms comprised 72% from outside the UK giving global capacity, something MG ALBA is keen to capitalise on.

Both brands' relationship with the learning community remains strong, which has contributed circa 33% of the total short-form views on BBC ALBA social media platforms and YouTube with an impressive growth rate of +68% or 18.6M content views.

LearnGaelic's social platforms enjoyed 932% year-on-year growth fuelled by data and audience analysis-led production and the continued popularity of the dictionary which remains a staple in the language learning firmament.





CLANN

Chùm BBC iPlayer air a' sealltainn fàs, le còrr is 50% de sheallaidhean iPlayer sa bhliadhna mar thoradh air susbaint chloinne. Lean na seataichean-bogsa air adhart a' cur meud agus doimhneachd ris an tairgse cloinne le *Peppa, Abadas, Bing* agus *Puffin Rock* uile rim faighinn air BBC iPlayer agus a' frithealadh luchd-amais òg gu math. Bha fèill mhòr air an fhilm as ùire le Julia Donaldson, *Banais Na Caraid-ròcais*, ann an clàr na Nollaige.

Chunnaic foghar 2025 riochdachadh film soirbheachail eile fo sgeama dràma cloinne Aonadh Craolaidh na h-Eòrpa (EBU), *Billy Bùrach* (The 90) anns an robh am pìobaire Billy air a thoirt am bruid le creutairean fànais a chuala an ceòl aige. Bha am film air gearr-liosta airson grunn dhuaisean. San aon dòigh, thug an dà fhilm aithriseach bho sgeama Fìrinneach Chloinne an EBU, *Aidan: Balach Beag Muay Thai* (Sgeul Media) agus *Bethany: An Dànnsair Gàidhealach* (MacTV), beò sgeulachdan le clann aig an cridhe agus, mar an ceudna, chaidh an ainmeachadh airson duaisean aig grunn fhèisean.

Chunnaic 2025/26 atharrachadh nuair a ghabh am BBC thairis maoineachadh airson beò-dhealbhadh air a thrusadh agus le dubadh, ag obair còmhla ri dà chompanaidh, Solus Productions agus MojaTV, gus 30 uair a thìde de shusbaint a thoirt do BhBC ALBA agus BBC iPlayer. Mhainich am BBC cuideachd còrr is 60 uair a thìde de shusbaint airson CBeebies ALBA agus CBBC ALBA, anns an robh bloighean spòrsail, sgeulachdan àm-cadail, òrain, *Dodge the Dog* agus an treas fear den t-sreath aithriseach mas-fhìor èibhinn, *An Sgoil*. B' e aon de na tiotalan as suaicheanta a rinneadh airson BBC ALBA am film cliùiteach le Wallace agus Gromit, *Vengeance Most Fowl*, le Dòmhnall Ruadh a' toirt guth Wallace thugainn sa Ghàidhlig.

Chaidh seanail YouTube sònraichte, BBC Clann, a chur air bhog sa Ghearran 2026.

CHILDREN'S

BBC iPlayer continued to show growth with over 50% of iPlayer views in the year attributable to children's content. Boxed sets continued to add scale and depth to the children's offering with *Peppa, Abadas, Bing* and *Puffin Rock* all available on BBC iPlayer and serving young audiences well. The latest Julia Donaldson film *Banais Na Caraid-ròcais* was a favourite in the Christmas schedule.

Autumn 2025 saw the production of another successful European Broadcasting Union (EBU) children's drama scheme film, *Billy Bùrach* (The 90) which featured bagpipe-playing Billy abducted by aliens attracted by his music. The film has been shortlisted for a variety of awards. Similarly the two documentary films from the EBU Children's Factual scheme, *Aidan: Balach Beag Muay Thai* (Sgeul Media) and *Bethany: An Dànnsair Gàidhealach* (MacTV) brought children-centred stories to life and have similarly been nominated for awards at a range of festivals.

2025/26 saw a change in that the BBC took over the funding of acquired and dubbed animations, working with two companies Solus Productions and MojaTV to supply 30 hours of content to BBC ALBA and BBC iPlayer. BBC also funded over 60 hours of content for the CBeebies ALBA and CBBC ALBA blocks, featuring fun interstitials, bedtime stories, songs, *Dodge the Dog* and a third series of the popular mockumentary series *An Sgoil*. One of the stand-out titles produced for BBC ALBA was the iconic Wallace and Gromit film *Vengeance Most Fowl* which featured the original Gaelic voice of Wallace, Dòmhnall Ruadh.

A dedicated BBC Clann YouTube channel launched in February 2026.







SPÒRS

Lean spòrs beò air adhart a' tàladh agus a' fàs luchd-amais le MG ALBA fhathast dealasach a thaobh ball-coise nam ban le cùmhnant ùr trì bliadhna leis an SWPL. Sheall luchd-amais iPlayer airson SWPL àrdachadh timcheall air 100% agus Liog a h-Aon timcheall air 65%. Thug rugbaidh, tro Phrìomh Liog nam Fear agus nam Ban, spòrs cunbhalach gu Dihaoine air BBC ALBA bhon Lùnastal chun Ghiblein. Chunnaic rugbaidh eadar-nàiseanta nam Ban cuideachd aon de na geamannan spòrs a b' fheàrr a bh' ann leis an Eadailt an aghaidh na h-Alba san Iuchar 2025. Lean taic MG ALBA do dh'Iomain le ochd geamannan air an craoladh bhon Ògmhios chun na Sultain 2025, a' gabhail a-steach an 125th Cuairt Dheireannach de Chupa na Camanachd. Bha beagan ùr-ghnàthachais againn le cuairt dheireannach na h-Iomain san Dàmhair 2025 air a luchdachadh suas gu h-iomlan gu YouTube BBC ALBA, a' faighinn còrr is 38k sealladh. Ma cheadaicheas còraichean, 's e slighe ùr a th' ann an seo airson pàirtean de Spòrs BBC ALBA.

Le sùil air sgioba fireann na h-Alba a' faighinn a-steach do Chupa na Cruinne, lean geamannan fo-cheadachd bho Serie A curaidhean ball-coise na h-Alba a' cluich airson sgiobaidhean Eadailteach ann an Serie A. Chuir samhail grafaigean suaicheanta Golazzo bho na 1980an, le naidheachdan agus aithris bho stadiuman na h-Eadailt, ri coltas nam prògraman a chòrd gu mòr ri luchd-amais ball-coise agus a neartaich àireamhan iPlayer sa chiad chairteal.

Chaidh an spòrs beò uile a riochdachadh le Sunset+Vine.

SPORT

Live sport continued to attract and grow audiences with MG ALBA remaining committed to women's football with a new three-year deal with the SWPL. iPlayer audiences for SWPL showed a circa 100% increase in viewership and League One in the region of 65%. Rugby, via the men's and women's Premiership, provided regular Friday night sport on BBC ALBA from August to April. Women's international rugby also saw one of the best performing sport fixtures across the board with the Italy v Scotland International in July 2025. MG ALBA's commitment to Shinty continued with eight games broadcast from June to September 2025, including the 125th Camanachd Cup Final. There was some experimentation with the Shinty/Hurling final in October 2025 uploaded in full to BBC ALBA YouTube, garnering over 38k views. Rights permitting, it is a direction of travel for elements of BBC ALBA Sport.

With more than a passing nod to the Scotland men's team qualifying for the World Cup, sub-licensed games from Serie A followed the Scottish stars playing for Italian teams in Serie A. A nostalgic play on the iconic 1980's Golazzo graphics, with features and presentation from the Italian stadiums, completed the look which played well with football audiences and boosted quarter one iPlayer performance.

All live sport output was produced by Sunset+Vine.







COMADAIDH

Chaidh an dàrna sreath de *Glan Fhèin* (The Comedy Unit) a chraoladh air BBC ALBA san Fhaoilleach 2026. Air a sgrìobhadh le Lana Pheutan agus Hannah McKirdy, thug an sreath sinn nas fhaide a-steach do shaoghal aimhreit agus tubaistean nam prìomh charactaran Angela agus Katie, a' sireadh gaol fhad 's a bha iad a' ruith gnìomhachas glanaidh air eilean Albannach.

COMEDY

The second series of *Glan Fhèin* (The Comedy Unit) broadcast on BBC ALBA in January 2026. Written by Lana Pheutan and Hannah McKirdy, the series took us further into the world of mayhem and mishaps of lead characters Angela and Katie, looking for love while running their cleaning business on a Scottish island.

THE RENEWAL OF THE BBC'S ROYAL CHARTER IN 2027 COULD BE A WATERSHED MOMENT FOR GAELIC BROADCASTING

DH'FHAODADH ÙRACHADH CAIRT RÌOGHAIL A' BHBC ANN AN 2027 A BHITH NA ÀM AIR LETH CUDROMACH AIRSON CRAOLADH GÀIDHLIG



FÌRINNEACH

Bha susbaint fhìrinneach air BBC ALBA fhathast na phrìomh ghnè, ag innse sgeulachdan nach b' urrainn ach BBC ALBA innse. Bha luchd-amais air leth toilichte leis an raon de thiotalan a choisinn iomadh ainmeachadh airson duaisean. Sheall *Hebridean Baker: Nordic Islands* agus *Patagonia: Gu Crìoch na Cruinne* (na dhà le Caledonia TV) luchd-aithris tarraingeach air sligheachan rannsachaidh gu math eadar-dhealichte. Chunnaic sinn Coinneach MacLeòid air *Hebridean Baker: Nordic Islands* agus e a' rannsachadh cruth-tìre agus fuine air feadh Bornholm, na h-Eileanan Fàro, Lofoten agus Gotland – mìlseagan annasach agus cèicichean am pailteas, am measg sheallaidhean iongantach. Chaidh am prògram ainmeachadh airson trì duaisean gu ruige seo, le duais airson a' phrògram bìdh as fheàrr bho Dhuaisean Bìdh is Dighe Fortnum is Mason air ainmeachadh bho chionn ghoirid. Lean *Patagonia: Gu Crìoch na Cruinne* Keith

FACTUAL

Factual content on BBC ALBA remained a mainstay genre, telling stories that only BBC ALBA could tell. Audiences were impressed with a range of titles that went on to garner multiple award nominations. *Hebridean Baker: Nordic Islands* and *Patagonia: Gu Crìoch na Cruinne* (both Caledonia TV) saw engaging hosts on very different journeys of discovery. *Hebridean Baker: Nordic Islands* featured Coinneach MacLeod as he discovered the landscape and baking across Bornholm, the Faroes, Lofoten and Gotland – sea urchin pudding and cakes galore, with breathtaking landscapes. The programme has been nominated for three awards to date, with an award for best food programme from the Fortnum & Mason Food and Drink Awards recently announced. *Patagonia: Gu Crìoch na Cruinne* followed Keith MacDonald as he journeyed across Patagonia on motorcycle, meeting friends



MacDhòmhnaill air slighe thar Patagonia air motair-baidhsagal, a' coinneachadh ri caraidean sean is ùr agus càirdean a bha air a dhol air diochuimhne. Tha an sreath air an liosta airson dà dhuais gu ruige seo, a' gabhail a-steach Duais Spiorad na Fèise aig Fèis nam Meadhanan Ceilteach.

Sheall an sreath air leth *Cùram* (MacTV) an gaol, an cùram agus an aire a tha ga thoirt do dhaoine ann an dachaighean-cùraim, agus an fheadhainn a bha a' faighinn cùram nan dachaighean fhèin, ag altram faireachdainn làidir anns an luchd-amais. Thug an sreath sinn a-steach do dh'iomadh beatha agus dlùth shealladh air a' ghaol agus na dàimhean priseil aig an cridhe. Air a stiùireadh le co-fhaireachdainn agus truas le Daibhidh Màrtainn, b' e sreath a bh' ann a bha bàidheil le mòran.

old and new and long-lost relations. The series has garnered two nominations to date including for the coveted Spirit of the Festival Award at the Celtic Media Festival.

Standout series *Cùram* (MacTV) quietly witnessed the love, care and attention given to people in care homes, and those cared for in their homes, making a strong emotional connection with audiences. The series let us into those daily lives allowing us to glimpse rare moments of love and connection. Directed with empathy and sensitivity by David Martin, it was a much-watch series for many.






Thug prògraman aithriseach singilte fon bhrand *Trusadh* fianais anabarrach fosgailte air beatha boireannach thar-ghnèitheach à Brasil ann an *Is Mise Loretta*, is rannsachadh air ar dàimh ri ìomhaigh bodhaige ann am *Mo Bheatha, Mo Bhodhaig*, agus rinn an dà thìotal gu math le luchd-amais fo aois 35. Rannsaich prògraman aithriseach singilte eile beatha manaidsear sgioba ball-coise stèidhichte sna Stàitean Aonaichte a bhruidhneas Gàidhlig ann an *Ally, Soccer is na Stàitean* (MacTV) agus sealladh air ais air an neach-cartùin Eòghainn Bain agus an caractar as ainmeile aige ann an *Angus Òg: The Making of a Tabloid Teuchter* (Caledonia TV).

Thug Midas Productions, stèidhichte ann an Obar Dheathain, dà sgeulachd gu math eadar-dhealaichte chun sgrion le *Rocaidean Gu Leòr/Rockets Galore a' coimhead* air dàimh nan eileanan ri rocaidean agus na puirt-fànais a tha san amharc air a' Ghàidhealtachd. Thug *Caileag nan Eun* tàlant ùr Caitlin NicAnndrais chun sgrion ann am prògram aithriseach mu bhith a' coimhead eòin.

Single documentaries under the *Trusadh* brand brought incredibly open contributions on the life of a transgender Brazilian woman in *Is Mise Loretta*, explored our relationship with body image in *Mo Bheatha, Mo Bhothaig*, both titles playing well with an under-35 audience. Other single documentaries explored the life of a Gaelic-speaking US-based soccer team manager in *Ally, Soccer is na Stàitean* (MacTV) and a retro look at the cartoonist Ewen Bain and his most famous cartoon strip character in *Angus Òg: The Making of a Tabloid Teuchter* (Caledonia TV).

Aberdeen-based Midas Productions brought two very different stories to screen with *Rocaidean Gu Leòr/Rockets Galore* looking at the islands' relationship with rocket launches and the proposed Highland spaceports. Staying with things that fly, *Caileag nan Eun* brought new talent Caitlin Andrew to screen in a documentary on bird-watching.



Sheall *The Adventure Show: Rèis ITERA 2025*, rèis fulangais ITERA le Calum MacIIEathain agus Kerry Nic a' Phì, gaisgich a' bhlàir a-muigh agus spòrs. Nochd criomagan naidheachdan gu cunbhalach air YouTube an cois a' phrògram agus chaidh a cho-choimiseanadh le BBC Scotland.

Tha prògraman a chaidh a cheannach a-nis freumhaichte anns a' chlàr-ama prìomh-ùine le sreathan cho eadar-mheasgte ri *Dynamic Planet* a' toirt sgeulachdan eadar-nàiseanta don luchd-amais againn.

Lean *Beat the Drum* (Beezr Studios) beatha air an rathad airson còmhlan-molaidh Runrig agus dh'innis *Na h-Eileanaich: Barra and Vatersay* (Littleday Productions) mu bheatha luchd-còmhnaidh nan eileanan le blàths, gliocas agus gàire.

The Adventure Show: Rèis ITERA 2025 gave us the highs and lows of the ITERA endurance race with outdoor and sport stalwarts Calum MacLean and Kerry MacPhee. The documentary was accompanied by regular updates on YouTube shorts and was co-commissioned by BBC Scotland.

Acquisitions are now a fixture in the BBC ALBA prime-time schedule, with series as diverse as *Dynamic Planet* bringing international stories to our audiences.

Beat the Drum (Beezr Studios) followed life on the road for a Runrig tribute band and *Na h-Eileanaich: Barra and Vatersay* (Littleday Productions) chronicled the lives of the islands' inhabitants with warmth, insight and humour.





CEÒL & TACHARTASAN

Bidh ceòl agus tachartasan, beò agus mar gum biodh beò, a' toirt seachad prìomh shusbaint agus a' sìor thàladh luchd-amais le dèanadas loidhneach seasmhach agus fàs ann an coimhead pasganan iPlayer agus susbaint ghoirid. Tha nàdar bogaidh na susbaint air uiread de dh'ùrlaran air compàirteachadh luchd-amais a chur am meud airson luchd na Gàidhlig agus luchd-amais nàiseanta. Bhrosnaich susbaint bho thachartasan beò, ann an co-obrachadh le luchd-ealain agus luchd-eagrachaidh thachartasan, margaidheachd shoilleir a phiobraich luchd-amais gu bhith a' coimhead air adhart ri prògraman agus a' compàirteachadh annta.

MUSIC & EVENTS

Music and events, live and as-live, provide content peaks and continue to draw audiences with stable linear performance and growth in consumption of iPlayer packs and short-form content. The immersive nature of content on as many platforms as possible has increased audience consumption and engagement for both the Gaelic and national audiences. Content from live events, in collaboration with artists and event organisers, allowed for clear marketing that in turn drove audience anticipation and engagement.









Tharraing an t-susbaint bheò bho *Belladrum*, *Am Mòd*, *Na Trads* agus *Cèilidh na Bliadhn' Ùire*, agus susbaint mar gum biodh beò bho *The Hoolie*, barrachd luchd-amais air feadh iPlayer, YouTube agus meadhanan sòisealta. Tha tracaichean ciùil slàn am measg nam pìosan as soirbheachail air YouTube BBC ALBA agus ùrlaran mheadhanan sòisealta le cuid a' ruighinn còrr is 100k sealladh agus a' toirt seachad dòigh inntrigidh eile do luchd-amais nach eil air an tàladh gu TBh loidhneach agus luchd-amais thall thairis. Chaidh prògram slàn *The Hoolie* fhoillseachadh air YouTube BBC ALBA, a' chiad fhear anns a' ghnè ciùil, agus rinn e gu math le deicheadan de mhiltean de sheallaidhean.

Chuidich craoladh *Am Mòd* (BBC) san Dàmhair le bhith a' neartachadh na seachdain as fheàrr aig BBC ALBA den bhliadhna agus b' e *Cèilidh na Bliadhn' Ùire*, air a riochdachadh leis a' BhBC cuideachd, am prògram a bu shoirbheachail den bhliadhna le 40% den luchd-amais Gàidhlig a' coimhead. Chomharraich *Na Trads* (Beezr Studios) soirbheachas ann an saoghal ceòl traidiseanta na h-Alba, leis a' chraoladh bheò na mheasgachadh tarraingeach de dhuaisean agus ceòl. Dhùblaich craoladh *Belladrum* an luchd-amais aige le 29 seata ciùil airson iPlayer, a' cur ri trì oidhcheannan de chraoladh beò bho phrìomh àrd-ùrlaran *Belladrum*, seiseanan acoustic agus tracaichean fa leth rim faighinn air ùrlaran mheadhanan sòisealta BBC ALBA agus YouTube. Chùm na tiotalan seo orra a' dèanamh an-àirde airson call an luchd-amais 16-44, a' libhrigeadh susbaint do dhaoine air grunn ùrlaran nuair a tha iad ga iarraidh san dòigh a roghnaicheas iad fhèin, agus a' leudachadh a' bhrannnd.

The live content from *Belladrum*, *The Mòd*, *Na Trads* and *Cèilidh na Bliadhn' Ùire* and as-live from *The Hoolie*, attracted increased audiences across iPlayer, YouTube and social media. Full clips of music tracks are amongst the best performing on BBC ALBA YouTube and social media platforms with some clips reaching in excess of 100k views and providing alternative access points for audiences not attracted to linear TV and diaspora audiences. *The Hoolie* full programme was published on BBC ALBA YouTube, a first in the music genre and performed well with tens of thousands of views.

The Mòd output (BBC), helped boost BBC ALBA's best performing week of the year in October and *Cèilidh na Bliadhn' Ùire*, also produced by the BBC, was the best performing programme of the year with 40% of the Gaelic audience tuning in. *Na Trads* (Beezr Studios) recognised high achievements in the world of Scottish traditional music, with the live broadcast a compelling mix of awards and music performance. *Belladrum* coverage doubled its audience with 29 music sets for iPlayer, complementing three nights of live coverage from the *Belladrum* main stages, acoustic sessions and individual tracks made available on BBC ALBA social media platforms and YouTube. These titles continued to rebalance the loss of the 16-44 audience and were able to provide audiences with content on a variety of platforms when, where and how they chose to consume it, extending the brand.





Bha Celtic Connections cuideachd air a' chlàr-ama le cuirm-chiùil aon-uair, *Cuirm@Celtic: Òran Ùr* le òrain ùra Gàidhlig, agus *Cuirm@Celtic: Sian* leis a' chòmhlan fhèillmhor, Sian. Chaidh cruinneachadh eile de sheiseanan ciùil Ceilteach anns an t-sreath fhada *Seirm* a chraoladh, le measgachadh iongantach de luchd-ealain ionadail is eadar-nàiseanta, uile air an riochdachadh le Beezr Studios.

Sheall *Skerryvore Aig Caisteal Floors* an còmhlan a' comharrachadh an 20^m ceann-bliadhna aca aig Caisteal Floors anns na Crìochan, le taic bho Trail West agus The Laurettes. Chaidh Trail West and Friends, a' gabhail a-steach Ruairidh Gray, a chlàradh aig cuirm-chiùil Iomallan aig Barrowland. Chòrd *Trail West@Barrowland* agus *Ruairidh Gray@Barrowland* ri mòran aig àm na Nollaige. Tha na tachartasan mòra le còmhlan thraidiseanta a' fàs fiùs nas motha agus nas misneachail, agus tha MG ALBA a' leantainn air adhart a' compàirteachadh le luchd-eagrachaidh gus an t-susbaint as fheàrr a thoirt do luchd-amais BBC ALBA.

Lean co-obrachadh le tachartasan agus branndan, chan e a mhàin airson craoladh loidhneach, ach a bha inntinneach ann an cruth goirid do luchd-amais, mar thairgsean didseatach an toiseach. Thabhainn *Belladrum* susbaint mheadhanan sòisealta agus cruth goirid airson puist Instagram a chaidh a cho-roinn le BBC ALBA agus SpeakGaelic. Tharraing susbaint bho *Féile Na Gealaí* ann am Meath, Éirinn, luchd-amais nas òige le susbaint bho air cùl chùisean agus craoladh nas ùr-ghnàthaich leithid prògram suirghe *Cànan nan Gaol*. Le cuingeadan buidseit a' cur bacadh air roghainnean coimiseanaidh, leig am modail seo leinn blas de thachartasan inntinneach a thoirt don luchd-amais againn.

Celtic Connections also featured in the schedule with a one-off concert, *Cuirm@Celtic: Òran Ùr* featuring new Gaelic songs and *Cuirm@Celtic: Sian* with the ever-popular trio, Sian. A further collection of Celtic music sessions in the long-running series *Seirm* was broadcast, with an eclectic mix of local and international artists, all produced by Beezr Studios.

Skerryvore at Caisteal Floors featured the globe-trotting band celebrating their 20th anniversary at Floors Castle in the Scottish Borders, with support from Trail West and The Laurettes. Trail West and Friends, including the irrepressible Ruairidh Gray, were recorded at a sell-out gig at the Barrowland. *Trail West@Barrowland* and *Ruairidh Gray@Barrowland* were popular additions to the festive schedule. The trend of large-scale popular events featuring traditional/folk acts shows no sign of diminishing in size and confidence, and MG ALBA continues to partner with organisers to bring the best to BBC ALBA audiences.

Collaborations with events and brands, not necessarily destined for linear broadcast but of interest in short-form to audiences as digital-first offerings, continued. Content from *Belladrum* offered social media and short-form content resources for Instagram posts shared by BBC ALBA and SpeakGaelic. Content from *Féile Na Gealaí* in County Meath, Éire, engaged with a younger festival-going audience with behind the scenes and more experimental content in the shape of mini-dating show *Cànan nan Gaol*. With budget constraints bearing down on commissioning choices, this model allowed us to bring a flavour of events of interest to our audience.



SKERRYVORE XX





DIBHEARSAN FÌRINEACH & DIBHEARSAN

A' toirt fiosrachadh agus dibhearsan don luchd-amais Ghàidhlig bhunaiteach, bha prògraman dibhearsan firinneach aig 8:30f tron an t-seachdain a' toirt dhuinn toileachas sreap ann am Morocco tro *Dàna* (Solus Productions) is sreath sgoinneil a' sealltainn coimhearsnachd innleachdach an t-Òib ann am *Port an t-Òib* (Mantra TV). Cho math ri sin, leig Pàdruig MacCuitheìn, a bha a cheart cho innleachdach, leinn a' chiad bhliadhna aige air a' chroit a leantainn ann an *Croit Phàdruig*.

Chuir sinn fàilte chridheil air ais air seann thiotalan soirbheachail: spòrs le DIY ann an *Dùbhlain DIY* (Demus Productions/Seaglass Pictures), an dàrna sreath de *Lios Mhàiri* (Corcadal Productions) a' stèidheachadh Màiri NicGilleÌosa mar neach-aithris, agus barrachd coiseachd is còmhraidh le Ramsay MacMhathain agus aoighean ann an *Rathad Ramsay*. B' e bèicearachd crìdhe na cùise ann an *Greim-Bìdh le Gregor* (Caledonia TV) agus fhuair Pàdruig MacCuitheìn barrachd a-mach mu ghnèithean chon Albannach aig an aon àm ri cuilean eile fhaighinn dha theaghlach ann an *Cù Leis Thu?* (Storyboard Studios). Bha deagh làthaireachd mheadhanan sòisealta aig a h-uile sreath agus bha iad a' sìor thogail cothroman mheadhanan sòisealta is branndan sreath, agus a' conaltradh ri luchd-amais.

Thòisich *Mas Fhìor*, prògram ceisteachain ùr bho Beez Studios, sa Ghearran 2026 agus cha b' fhada gus an robh mòran ga leantainn, eadhon luchd-amais òg 16-44 a tha nas duilghe a ruighinn, mar a chithear bhon phanail rannsachaidh Gàidhlig TRP. Bha balla de "Mas-fhìoraich" no "Pretenders" anns an stiùidio, leis an aoigh ainmeil Niall Iain Dòmhnallach, a' feuchainn ri car a thoirt à paidhrichean de cho-fharpaisich le seachas is ròlaistean. Fhuair an sreath taic bho Sgrìn Alba.





FACTUAL ENTERTAINMENT & ENTERTAINMENT

Seeking to inform and entertain the core Gaelic audience, our slate of factual entertainment in the weekday 8:30pm slots brought the thrills of climbing in Morocco via *Dàna* (Solus Productions) while a series portraying a brilliant slice of life from the resourceful community of Leverburgh featured in *Port an t-Òib* (MantraTV), while the equally resourceful Pàdruig MacQueen let us follow the first year on his croft in *Croit Phàdruig*.

We welcomed the return of hero titles: DIY fun in *Dùbhlain DIY* (Demus Productions/Seaglass Pictures), the second series of *Lios Mhàiri* (Corcadal Productions) establishing Mairi Gillies as presenter, and more walking and talking with Ramsay MacMahon and guests in *Rathad Ramsay*. Baking was to the fore in *Greim-Bidh le Gregor* (CaledoniaTV) and Pàdruig MacQueen discovered more about Scottish dog breeds and acquired another puppy for his family in *Cù Leis Thu?* (Storyboard Studios). All series had well developed social media assets that continued to build social media opportunities, series brands and engage with audiences.

Mas Fhior, a new quiz format from Beezr Studios, aired in February 2026 and quickly became an audience favourite, even making inroads into the harder to reach younger audience demographic of 16-44 as evidenced by the TRP Gaelic research panel. The studio-based format, presented by popular host Niall Iain MacDonald, featured a wall of “Mas-fhioraich” or “Pretenders” who try to outfox pairs of studio contestants with tall tales. The series was supported by Screen Scotland.



FILMG

B' e FilmG 2026 an 18^{mh} bliadhna den cho-fharpais fhilmichean goirid a chaidh a dhealbhadh gus tàlant ùr a lorg, a bheathachadh, agus a leasachadh anns na meadhanan Gàidhlig. Tha an fharpais, air a ruith le Astar Media, fhathast a' tabhann roinnean do chom-pàirtichean fo aois 18 agus os cionn 18, le roinn ùr fo aois 12, an cois bhùthan-obrach a' toirt comhairle agus taic do luchd-dèanaimh fhilmichean aig gach ìre. Tha FilmG fhathast na phrìomh bhrannnd aig MG ALBA le cuirm dhuaisean gu bhith a' tilleadh chun SEC ann an Glaschu san Ògmhios 2026. Às dèidh gluasad an-uiridh gu sruth beò nas fheàrr air Facebook FilmG agus YouTube BBC ALBA agus barrachd toradh mheadhanan sòisealta, tha na h-ùrlaran sin a' leantainn air adhart a' conaltradh ri luchd-dèanaimh fhilmichean òga na Gàidhlig.

Chunnaic co-fharpais na bliadhna seo àireamh nas àirde de dh'inntrigidhean film aig 157.

Tha FilmG a' dol bho neart gu neart, le seann fharpaisich a' toirt buaidh air susbaint agus ag obair mar luchd-trèanaidh air riochdachaidhean Gàidhlig a' gabhail a-steach coimiseanan goirid dhìdseatach an toiseach.

FILMG

FilmG 2026 saw the 18th iteration of the annual short film competition designed to discover, nurture, and develop new talent in Gaelic media. The competition, run by Astar Media, continues to feature categories for under-18 and over-18 participants, with a new under-12 category, offering mentored workshops and support for filmmakers at all levels. FilmG remains a key MG ALBA brand with an awards ceremony due to return to the SEC in Glasgow in June 2026. Following the move last year to an enhanced live stream on FilmG Facebook and BBC ALBA YouTube and increased social media output, these outlets continue to engage with young Gaelic filmmakers.

This year's competition saw an increased number of film entries at 157.

FilmG continues to thrive, with alumni making their impact in content and as trainees on Gaelic productions including short-form digital first commissions.



157

FILMICHEAN
FILMS

A photograph of a fisherman on a boat. He is wearing a blue cap with a star, a blue life vest, and blue jeans. He is holding two fish, one in each hand. The background shows a blue sea and a rocky coastline under a clear sky. The text 'LÈIRMHEAS GNÌOMHACH' and 'BUSINESS REVIEW' is overlaid on the bottom half of the image.

LÈIRMHEAS GNÌOMHACH

BUSINESS REVIEW



HAIS



CO-IONANNACHD, IOMADACHD AGUS IN-GHABHAIL (EDI)

Ciamar a nì MG ALBA cinnteach gu bheil e eadar-mheasgte agus in-ghabhalach, a’ toirt taic do shunnd an luchd-obrach, a’ Bhùird agus a h-uile duine leis a bheil sinn ag obair?

Tha MG ALBA ag aithneachadh prìomhachas na raon-obrach seo do ar luchd-obrach agus ar luchd-amais. Às dèidh dhaibh plana gnìomha fada a chur an cèill ann an 2024, tha an sgioba againn air tòiseachadh air trèanadh agus goireasan EDI a chomharrachadh agus a chleachdadh airson mothachadh a thogail am measg an luchd-obrach agus an luchd-ceannardais, gus dèanamh cinnteach gu bheil na poileasaidhean, na modhan-obrach agus na cleachdaidhean a-staigh againn eadar-mheasgte agus in-ghabhalach. Ged a tha barrachd obrach ri dhèanamh, chaidh fòcas tràth a chur air mothachadh mu iomadachd-niùro agus disleicsia agus tha na seiseanan sin air a bhith air leth soirbheachail.

SLIGHE GU NEONI LOM (P2NZ)

Anns a’ chiad bhliadhna den ro-innleachd P2NZ 10-bliadhna againn, tha sinn air ceumannan mòra a ghabhail a dh’ionnsaigh ar lorg carboin a lùghdachadh. Tha seo a’ gabhail a-steach uinneagan mullaich trì-fhillte àrd-èifeachdais a chur an àite seann fheadhainn neo-èifeachdach, goilearan nas glaine agus nas èifeachdaiche fhaighinn, agus tòiseachadh air solais LED a chur an sàs. A bharrachd air sin, tha sinn dealasach a thaobh solar seasmhach, lùghdachadh sgudail, agus brath a ghabhail air teicneòlas gus ar caitheamh carboin a lùghdachadh.

EQUALITY, DIVERSITY & INCLUSION (EDI)

How will MG ALBA ensure that it is diverse and inclusive, supporting the wellbeing of staff, Board and all we work with?


MG ALBA recognises the priority of this area of work to our employees and audience. Having identified a lengthy action plan in 2024, our team have begun to identify and use EDI training and resources to heighten awareness amongst the staff and leadership, to ensure our internal policies, procedures and practices are diverse and inclusive. Whilst there is more work to be done, some early focus has been given to neurodiversity and dyslexia awareness and these sessions have been well received.

PATH TO NET ZERO (P2NZ)

In the first year of our P2NZ 10-year strategy, we have taken significant steps towards reducing our carbon footprint. This includes installing high-efficiency triple-glazed roof windows replacing inefficient old units, upgrading boilers with more efficient cleaner units, and starting the process of replacing light fittings with LED alternatives. In addition, we are committed to sustainable procurement, reducing waste, and taking advantage of technology to reduce our carbon consumption.

CAITHEAMH CARBOIN MG ALBA GACH BLIADHNA (TUNAIKEAN)

MG ALBA CARBON CONSUMPTION PER YEAR (TONNES)



*Stòr dàta suirbhìdh EMS air a dhèanamh le Greenspace Earr.

*Data source EMS survey carried out by Greenspace Ltd.



FRÈAM-OBACH DEARBHAIDH

Tha am Frèam-obrach Dearbhaidh fhathast na phrìomh inneal airson taic a thoirt do chomharrachadh, sgrùdadh agus riaghladh èifeachdach air riosgan obrachaidh air feadh na buidhne.

Rè na bliadhna, chaidh am Frèam-obrach a chumail suas agus a chur an sàs gu cunbhalach, le fòcas leantainneach air fianais chlàraichte a thaobh luach an airgid, riosg, gèilleadh ri poileasaidh agus cleachdadh as fheàrr. 'S e inneal a th' ann a tha a' leasachadh mean air mhean, agus tha e air ath-sgrùdadh gu cunbhalach gus dèanamh cinnteach gu bheil e fhathast freagarrach agus a' toirt taic do riaghladh obrachaidh èifeachdach.

COMPÀIRTEACHADH COIMHEARSNACHD

Tha MG ALBA airson ruighinn air, agus conaltradh a dhèanamh ris na coimhearsnachdan a tha sinn a' riochdachadh, tro bhith a' libhrigeadh sàr shusbaint sa chànan agus sa chultar. Tha sinn mothachail air coimhearsnachdan na Gàidhlig agus coimhearsnachdan eile aig a bheil ùidh innte fada air falbh bhon phrìomh oifis againn ann an Steòrnabhagh agus tha sinn airson a bhith nas fheàrr na bha sinn a-riamh air ar n-obair a thoirt a-mach thuca, agus am beachdan fhaighinn. Ann an 2025 chùm sinn taisbeanaidhean coimhearsnachd ann am Barraigh, Uibhist a Deas, Na Hearadh agus Nis. B' e tachartasan a bha seo a fhuair taic mhath, air an cumail ann an compàirteachas ri ionadan coimhearsnachd agus riochdairean phrògraman.

Còmhla ri ar compàirtichean BBC Radio nan Gàidheal, chuir sinn Latha Fosgailte air dòigh airson na coimhearsnachd ionadail san àrainn againn ann an Steòrnabhagh. Bha seo na chothrom math airson ar n-obair a thaisbeanadh, cothroman cosnadh a shoilleireachadh agus mothachadh a thogail mun obair againn.

FIOSRACHADH IONMHASAIL

Chaidh maoineachadh bunaiteach de £14.8M a thoirt seachad le Riaghaltas na h-Alba. Rè na bliadhna, fhuair eadh maoineachadh a bharrachd de £818k bho Riaghaltas na h-Alba a dh'ionnsaigh pròiseactan calpa, a bharrachd air £30k airson bùthan-obrach FilmG. Chaidh maoineachadh calpa de £200k a thoirt seachad le HIE a dh'ionnsaigh riochdachadh

ASSURANCE FRAMEWORK

The Assurance Framework remains a central tool in supporting the effective identification, monitoring and management of operational risks across the organisation.

During the year, the Framework has been maintained and applied consistently, with a continued focus on documented evidence in relation to value-for-money, risk, adherence to policy and best practice. It is an evolving tool, reviewed regularly to ensure it remains fit for purpose and supports effective operational governance.

COMMUNITY ENGAGEMENT

MG ALBA wants to reach into and engage with the communities we represent, through delivering high-quality Gaelic language and cultural content. We are mindful of Gaelic-speaking and other interested communities remote from our Stornoway headquarters and are keen to be ever better at taking our work out into these communities, gaining their input and hearing their views. In 2025 we enjoyed hosting community screenings in Barra, South Uist, Harris and Ness. These were well supported events, hosted in partnership with community venues and programme producers.

Together with our BBC Radio nan Gàidheal partners, we hosted an Open Day for the local community in our Stornoway campus. This proved to be a great opportunity to showcase the work we do, highlight employment opportunities and raise awareness of our work.

FINANCIAL DETAILS

Core funding of £14.8M was provided by the Scottish Government. During the year, additional funding of £818k was received from the Scottish Government towards capital projects, as well as £30k for FilmG workshops. Capital funding of £200k was awarded by HIE towards drama production, in recognition of the



dràma, mar chomharra air na buannachdan eaconamach a tha a' sruthadh dha na h-Eileanan Siar tro bhith a' filmeadh an sin. Bha teachd-a-steach màil agus cosgaisean airson seirbheisean gu h-iomlan £149k sa bhliadhna. Chaidh teachd-a-steach reic de £17k bho leabhraichean SpeakGaelic, a fhuair maoinachadh bho Bhòrd na Gàidhlig an toiseach ann an 2023/24, ath-thasgadh ann a bhith a' clò-bhualadh barrachd de na leabhraichean sin.

Lean cùmhnantan solair fad-ùine a thòisich air 1 Iuchar 2024 orra a' libhrigeadh cnàimh-droma clàr-ama BBC ALBA, a' dèanamh suas 52% de chosgais MG ALBA air susbaint ach a' solarachadh 83% de na h-uairean craolaidh tùsail sa bhliadhna air a mhaoineachadh le MG ALBA.

Fhuair toradh sgrion £4.6M de sheilbheachd bhon taobh a-muigh, air fhaighinn sa mhòr-chuid le riochdairean le taic bho MG ALBA.

LEANTAINNEACHD GNÌOMHACHAIS

Tha planaichean leantainneachd gnìomhachais MG ALBA air an sgrùdadh gu cunbhalach, a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn seasmhach an aghaidh briseadh sam bith anns na sruthan gnìomhachais againn uile.

Às dèidh sgrùdadh saidhbeir a-staigh, chuir MG ALBA sreath de leasachaidhean an gnìomh gus ar seasmhachd buidhne a neartachadh buileach. Tha ath-sgrùdadh is deuchainnean leantainneach air na planaichean freagairt thubaistean againn a' dearbhadh gun urrainn dhuinn siostaman deatamach ath-thòiseachadh agus tilleadh gu obair mar as àbhaist ann an dòigh chuimsichte, òrdail.

economic benefits flowing to the Western Isles via filming on location. Rental income and charges for services totalled £149k in the year. Sales proceeds of £17k from SpeakGaelic books, which were originally grant-funded by Bòrd na Gàidhlig in 2023/24, were reinvested into printing more of these books.



Long-term supply deals which commenced on 1 July 2024 continued to provide the backbone of the BBC ALBA schedule, accounting for 52% of MG ALBA spend on content but supplying 83% of MG ALBA-funded original hours broadcast in the year.

Screen output benefited from £4.6M of external investment, sourced mainly by producers with the support of MG ALBA.

BUSINESS CONTINUITY

MG ALBA business continuity plans are regularly tested, ensuring that we remain resilient in the face of a disruption to any or all of our business streams.

Following an internal cyber audit MG ALBA implemented a series of enhancements to further strengthen our organisational resilience. Ongoing review and testing of our incident response plans provides assurance in our ability to restore critical systems and return to business as usual in a focused and controlled manner.




DIGITAL FIRST POLICY

BROUGHT US SOMHAIRLE SPINS AND
RUDAN BEAGA BÒIDHEACH



AMASAN AGUS PRÌOMH THOR

OBJECTIVES AND KEY RESULTS (OKRs)



AIDHEAN





Seallaidhean susbaint neo-loidhneach

(Ùrlaran didseatach air fad)

Non-linear content views (All digital platforms)



Coileanadh / Actual

55.5M

Targaid / Target: 36 Millean / Million

OKR Luchd-amais - uile
Audience - All



Co-mhaoineachadh treas-phrògraman

3rd party programme co-financing

£4.6M

Targaid / Target: £2.5M

OKR Luchd-amais - uile
Audience - All

Ruigse seachdaineil iomlan

Branndaichean air fad (bhidio a-mhàin)

Total weekly reach All brands (video only)



Coileanadh / Actual

62%

Targaid / Target: 75%

OKR Luchd-amais - Luchd-cleachdaidh na Gàidhlig
Audience - Users of Gaelic






Chàrtaidh

ance



Coileanadh / Actual

5M



Seallaidhean ionnsachadh susbaint

(Ùrlaran didseatach air fad)



Learning content views (All digital platforms)

Coileanadh / Actual

18.6M



Targaid / Target: 12 Millean / Million

OKR Luchd-amais - uile
Audience - All

Ruigse TBh seachdaineil

Weekly TV reach




% DE DH'INBHICH ANN AN ALBA / OF ADULTS IN SCOTLAND

Coileanadh / Actual

6.7%

Targaid / Target: 7%

OKR Luchd-amais - Alba 16+
Audience - Scotland 16+





Luchd-amais ionnsachaidh BBC ALBA
BBC ALBA learning viewership



Coileanadh / Actual

19%

Targaid / Target: 10%



OKR Luchd-amais - Alba 16+
Audience - Scotland 16+

Luachadh an luchd-amhair
Audience appreciation (Score)

8.5

Targaid / Target: 8

OKR Luchd-amais - Luchd-c
Audience - Users of G

Mothachadh de BhBC ALBA

(% de dh'fìnebhich ann an Alba)

Awareness of BBC ALBA (% of adults in Scotland)



Coileanadh / Actual

68%

Targaid / Target: 70%



OKR Luchd-amais - Alba 16+
Audience - Scotland 16+





C (A-mach à 10)
e out of 10)



Coileanadh / Actual

5



leachdaidh na Gàidhlig
aelic

Duaisean airson susbaint BBC ALBA
Awards for BBC ALBA content



Coileanadh / Actual

2

Targaid /Target: 6

OKR Luchd-amais - uile
Audience - All



Aonta le ro-innleachd (A-mach à 10)
Agreement with strategy (Score out of 10)




Coileanadh / Actual

8.3

Targaid /Target: 8.3

OKR Luchd-amais - Luchd-cleachdaidh na Gàidhlig
Audience - Users of Gaelic





A' TOGAIL AR N-ÀM RI TEA

BUILDING OUR FUTURE



R CHD





ÀS
ÙR

LUCHD- CRUTHACHAID

CALUM MACILLEATHAIN
@caldamac

CHRISTY O'HANLON
@babyguinness

ANNDRA MUNCASTER
@atmuncaster_



ÀS ÙR

'S e pròiseact a th' ann an Às Ùr a chaidh a leasachadh le MG ALBA gus eòlas fhaighinn air coimhearsnachd an luchd-cruthachaidh didseatach òg a bhios a' cleachdadh na Gàidhlig thar diofar ùrlaran, gnèithean agus stoidhlichean. Thòisich sinn le co-labhairt san t-Samhain 2025 agus tha sinn an dòchas a' choimhearsnachd seo de dhaoine òga fhàs agus dol an sàs gu gnìomhach leotha, a' conaltradh is ag obair còmhla riutha, agus ag ionnsachadh bhuapa. Gu ruige seo, tha sinn air 'gairm' a chur a-mach a lean gu còig rèiteachaidhean meantaireachd agus prògram trèanaidh co-cheangailte.

ÀS ÙR

Às Ùr is a project developed by MG ALBA to get to know the community of young digital creators using Gaelic across different platforms, genres and styles. Beginning with a conference in November 2025, our hope is to grow this community of young people and be in a position to actively engage, communicate, work with and learn from them. To date, we have issued a 'callout' which resulted in five mentorship arrangements and an associated training programme.



Slido QR Code



H

ER

SADIE DRYE
@sadie_drye

MG X
ALBA





TRÈANADH LUCHD-OBRACH

Thairis air a' bhliadhna a dh'fhalbh, tha sinn air leantainn air adhart a' leasachadh sgilean agus comasan ar luchd-obrach, le fòcas nas làidire air ionnsachadh didseatach is ceannardais nas structaraichte air feadh na buidhne, a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach uidheamaichte gus obair ann an àrainneachd mheadhanan a tha a' sìor atharrachadh. Tha luchd-obrach air feadh MG ALBA air pàirt a' ghabhail ann an raon farsaing de thrèanadh thar sgilean didseatach agus teicnigeach, leasachadh ceannardais, cleachdadh cruthachail, agus gèilleadh. Bha seo a' toirt a-steach neartachadh comas dàta agus anailis, tuigse a thogail air teicneòlasan ùra, agus sgilean cruthachail agus riochdachaidh a leasachadh thar sgiobaidhean.

Chaidh fòcas làidir a chur air ceannardas agus leasachadh proifeasanta. Lean ar prògram leasachaidh do Mhanaidsearan Loidhne a' togail misneachd agus cunbhalachd ann an cleachdadh manaidsearachd, le fòcas air cunntachalachd agus an dòigh-obrach *Tight-Loose-Tight*. Thug ionnsachadh air feadh na buidhne taic cuideachd do dh'obair in-ghabhalach, conaltradh èifeachdach, agus proifeiseantachd, a' cuideachadh le bhith a' stèidheachadh giùlan cunbhalach air feadh na buidhne.

Bha dìon saidhbear, slàinte is sàbhailteachd, agus sunnd fhathast nam prìomhachasan. Neartaich thrèanadh ann an raointean leithid ciad-chobhair, sàbhailteachd teine, agus mothachadh air slàinte inntinn seasmhachd na buidhne agus thug e taic do dh'àrainneachd obrach shàbhailte is thaiseil do luchd-obrach.

Lean sinn oirnn cuideachd a' seilbheachd ann an comas cruthachail is teicnigeach, a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach uidheamaichte gus obair le teicneòlasan mheadhanan a tha a' sìor atharrachadh agus gus sàr shusbaint a libhrigeadh. Bha seo a' toirt a-steach a bhith a' leasachadh sgilean riochdachaidh practaigeach agus a' meudachadh mothachadh air innealan ùra, a' gabhail a-steach AI, gus èifeachdas agus ùr-ghnàthachadh a leasachadh anns na sruthan-obrach againn.

Lean sinn air adhart cuideachd a' toirt taic do leasachadh dreuchdail tràth agus adhartas sgilean tro phreantasachdan agus greisean-obrach. Chrìochnaich aona neach-obrach Dioplòma dà-bhliadhna ann am Margaidheachd Dhidseatach, a' neartachadh comas taobh a-staigh na buidhne agus a' toirt taic do leasachadh

STAFF TRAINING

Over the past year, we have continued to develop the skills and capability of our workforce, with a stronger focus on digital, leadership, and more structured learning across the organisation, ensuring staff are well equipped to respond to a constantly changing media environment. Staff across MG ALBA have participated in a wide range of training across digital and technical skills, leadership development, creative practice, and compliance. This included strengthening data and analytical capability, building understanding of emerging technologies, and enhancing creative and production skills across teams.

Leadership and professional development remained a strong focus. Our Line Manager development programme continued to build confidence and consistency in management practice, with a focus on accountability and the Tight-Loose-Tight approach. Organisation-wide learning also supported inclusive working, effective communication, and professionalism, helping to embed consistent behaviours across the organisation.

Cybersecurity, health and safety, and wellbeing remained priorities. Training in areas such as first aid, fire safety, and mental health awareness strengthened organisational resilience and supported a safe and supportive working environment for staff.

We also continued to invest in creative and technical capability, ensuring staff are equipped to work with evolving media technologies and deliver high-quality content. This included developing practical production skills and increasing awareness of new tools, including AI, to improve efficiency and innovation in our workflows.

We also continued to support early career development and skills progression through apprenticeships and placements. One member of staff successfully completed a two-year Diploma in Digital Marketing, strengthening capability within the organisation and supporting continued professional



72%

DH'FHÀS COIMHEAD SUSBAINN
GHOIRID 72%

SHORT-FORM CONTENT
VIEWING GREW BY 72%



proifeasanta leantainneach. Thug sinn taic do aon oileanach à Sabhal Mòr Ostaig air greis-obrach 10 mìosan, a bharrachd air dithis oileanach a chrìochnaich trì seachdainean de ghreis-obrach còmhla rinn, a' toirt dhaibh eòlas luachmhor sa ghnìomhachas agus taic do leasachadh an sgìlean Gàidhlig ann an àrainneachd phroifeasanta.

A' coimhead air adhart, tha sinn a' toirt prìomhachas do phlanadh trèanaidh nas structaraichte le manaidsèaran loidhne, neartachadh comas didseatach agus teicnigeach thar roinnean, agus ri leantainn air adhart a' togail misneachd ceannardais. Bidh sinn cuideachd a' cur barrachd fòcais air trèanadh AI gus taic a thoirt do luchd-obrach ann a bhith a' tuigsinn agus a' cleachdadh innealan ùra gu h-èifeachdach, a' leasachadh èifeachdais, a' toirt taic do chruthachadh susbaint, agus a' dèanamh cinnteach gu bheil a' bhuidheann fhathast farpaiseach ann an saoghal nam meadhanan a tha ag atharrachadh gu luath. Còmhla ri seo, cumaidh sinn oirnn a' leasachadh ar trèanadh EDI, a' toirt taic do cheannardas agus sgioba-obrach in-ghabhalach, a' dèanamh cinnteach gu bheil an t-àite-obrach againn a' nochdadh ar luachan agus an luchd-amais eadar-mheasgte a tha sinn a' frithealadh.

development. We supported one student from Sabhal Mòr Ostaig on a 10-month work placement, as well as two students who completed three-week placements with us, providing valuable industry experience while supporting the development of their Gaelic language skills in a professional environment.

Looking ahead, we are prioritising more structured training planning with line managers, strengthening digital and technical capability across departments, and continuing to build leadership confidence. We will also increase our focus on AI training to support staff in understanding and using emerging tools effectively, improving productivity, supporting content creation, and ensuring the organisation remains competitive in a rapidly evolving media landscape. Alongside this, we will continue to develop our EDI training, supporting inclusive leadership and staff, ensuring our workplace reflects our values and the diverse audiences we serve.



TRÈANADH GNÌOMHACHAIS

Le cuideachadh bho Alba Chruthachail, thug sinn taic do naoi luchd-trèanaidh air *Mas Fhìor*, bho sgilean gailearaidh gu cruthachadh cheistean. Bidh na greisean-obrach seo air leth feumail airson an ath shreath (a chaidh a choimiseanadh a-nis) agus sgioba tàlaint uidheamaichte aig a bheil Gàidhlig deiseil airson obair air. A bharrachd air sin, chuir MG ALBA taic ri dà dhreuchd àrdachaidh agus roinneadh eòlais Co-stiùiriche, agus ri dreuchd Neach-cuideachaidh Deasachaidh, air an t-susbaint ghoirid dhidseataich *Somhairle Spins*. Thug obair còmhla ri Stiùiriche aig a bheil eòlas air susbaint dhidseatach ghoirid sealladh luachmhor air sruthan-obrach riochdachaidh co-obrachail a bha ag amas air daoine na b' òige.

Fhuair eòlas roinn ealain agus riaghladh riochdachaidh taic air an dràma ghoirid cloinne aig EBU, *Billy Bùrach*.

Fhuair triùir oileanach air a' chùrsa Dioplòma ann am Meadhanan Gàidhlig aig SMO maoinachadh bho MG ALBA airson greisean-obrach 10-mìosan. Bha na greisean-obrach le Beezr Studios, Caledonia TV agus MG ALBA a' gabhail a-steach obair thar camara/ deasachadh/riochdachadh/susbaint ghoirid.



INDUSTRY TRAINING

With assistance from Creative Scotland, we supported nine trainees on *Mas Fhior*, ranging from gallery skills to question setting. These placements will stand the next series (now commissioned) in good stead with a ready-made, trained Gaelic-speaking talent pool to draw from. In addition, two Co-Director step-up and knowledge sharing roles and Edit Assistant role were supported by MG ALBA on the digital short format *Somhairle Spins*. Working alongside a Director experienced in short-form digital content provided valuable insight into collaborative production workflows content structure aimed at a younger audience.

Art department and production management experience were supported on the EBU short children's drama *Billy Bùrach*.

Three students on the SMO Diploma in Gaelic Media course received funding from MG ALBA for their 10-month industry placements. The placements with Beezr Studios, CaledoniaTV and MG ALBA saw the students worked across camera/edit/production/short-form content.





COMPÀIRTEACHAS SUSBAINT COIMHEARSNACHD

Tha am prògram Compàirteachas Susbaint Coimhearsnachd (CCP) fhathast a' toirt chothroman luachmhor do dhaoine òga gus sgilean cruthachail, teicnigeach agus proifeasanta a leasachadh, agus iad aig an aon àm a' cur ris na meadhanan Gàidhlig agus seachas coimhearsnachd.

Rè na bliadhna, thug an sgioba taic do raon phròiseactan a' gabhail a-steach Celtic Connections, far an do rinn iad sreath de phodcastan didseatach anns an robh luchd-ealain a bha an làthair aig an fhèis. Còmhla ris an obair phractaigeach seo, lean iad air adhart leis an ionnsachadh aca tron BA ann am Filmeadh Co-aimsireil aig OGE, a' leasachadh sgilean thar sgrìobhadh, riochdachadh, filmeadh agus deasachadh. Fhuair càileachd na h-obrach seo aithne nuair a chaidh duais Oileanach na Bliadhna aig OGE a Tuath, an Iar agus Innse Gall a thoirt dha Abbie Mhoireasdan.

Leig am prògram leis an sgioba cuideachd ceangal a dhèanamh ris an roinn chruthachail Cheilteach nas fharsainge tro lomlaid Cheilteach le taic bho Chomhairle Bhreatainn-Èireann, a' cur fàilte air luchd-dèanaimh fhilmichean òga à Èirinn, a' Chuimrigh agus a' Chòrn gu na h-Eileanan Siar. Chaidh film goirid a rinneadh rè na h-iomlaid a shealltainn aig Fèis nam Meadhanan Ceilteach 2025.

Tron bhliadhna, lean an luchd-cruthachaidh orra a' toirt taic do na buidhnean aca le bhith a' riochdachadh susbaint a chaidh a chuir air adhart gu coimhearsnachdan ionadail, turasachd agus gnìomhachd na roinne saor-thoilich. Neartaich greisean-obrach le companaidhean riochdachaidh a bha ag obair air prògraman BBC ALBA an tuigse air àrainneachdan craolaidh proifeasanta.

B' e prìomh shoibheachas a' phròiseict leasachadh *Freumhan*, prògram aithriseach a' sgrùdadh cudromachd na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan eileanach. Thug am pròiseact eòlas dhaibh air riaghladh riochdachaidh, planadh, filmeadh agus deasachadh, agus aig an aon àm 's a bha e a' brosnachadh co-obrachadh air feadh an sgioba. Às dèidh premiere coimhearsnachd soirbheachail, thèid am prògram a shealltainn anns na coimhearsnachdan far an deach filmeadh.

COMMUNITY CONTENT PARTNERSHIP

The Community Content Partnership (CCP) programme has continued to provide valuable opportunities for young people to develop creative, technical and professional skills, while contributing to Gaelic media and community storytelling.

During the year, the team supported a range of projects including Celtic Connections, where they produced a series of digital podcasts featuring artists attending the festival. Alongside this practical work, they continued their studies through the BA in Contemporary Filmmaking at UHI, developing skills across writing, production, filming and editing. The quality of this work was recognised when Abbie Morrison was awarded Course Student of the Year at UHI North, West and Hebrides.

The programme also enabled the team to engage with the wider Celtic creative sector through a British Irish Council-supported Celtic Exchange, welcoming young filmmakers from Ireland, Wales and Cornwall to the Western Isles. A short film produced during the exchange was later screened at the 2025 Celtic Media Festival.

Throughout the year, the creators continued to support their host organisations by producing content that promoted local communities, tourism and voluntary sector activity. Industry placements with production companies working on BBC ALBA programmes further strengthened their understanding of professional broadcast environments.

A major achievement was the development of *Freumhan*, a documentary exploring the importance of Gaelic within island communities. The project provided experience in production management, planning, filming and editing, while encouraging collaboration across the team. Following a successful community premiere, the documentary will continue to be screened in the communities where it was filmed.



Mar a thig am prògram gu crìch, tha a bhuidh follaiseach ann an adhartas chom-pàirtichean gu tuilleadh foghlaim agus cosnaidh. Tha Dòmhnall MacEanraig ag ionnsachadh naidheachdas ann an Glaschu agus fhuair e dreuchd aithris le CBeebies ALBA. Tha Abbie Mhoireasdan air dreuchd margaidheachd a ghabhail le Urras Oighreachd Ghabhsainn, agus tha Fiona NicÌosaig aig Comunn na Gàidhlig ann an dreuchd iomairt coimhearsnachd a' toirt taic do dh'Uibhist a Deas agus Èirisgeigh. Chaidh àite a thoirt do Shine NicDhòmhnaill, a stiùir deasachadh agus iar-riochdachadh *Freumhan*, air iomairt ùr Às Ùr, a' toirt taic do luchd-cruthachaidh didseatach ùra gus na sgilean agus na dreuchdan aca a leasachadh ann an roinn nam meadhanan didseatach Gàidhlig.

As the programme concludes, its impact is evident in the progression of participants into further education and employment. Donald Henderson has moved on to study journalism in Glasgow and secured a presenting role with CBeebies ALBA. Abbie Morrison has taken up a marketing position with Urras Oighreachd Ghabhsainn, while Fiona MacIsaac has joined Comunn na Gàidhlig in a community enterprise role supporting South Uist and Eriskay. Sine Macdonald, who led the editing and post-production of *Freumhan*, was awarded a place on the new Às Ùr initiative, supporting emerging digital creators to develop their skills and careers within the Gaelic digital media sector.





PRÒISEAS AGUS SIOSTAMAN

Tha sinn air leantainn air adhart a’ mapadh ar pròiseasan as cudromaiche gus an urrainn dhuinn gach aon dhiubh sin a leasachadh, a phlanadh agus a riaghladh nan co-theacsa iomlan, ceann-gu-ceann, faiceallach gun seall sinn ceumannan agus luchd-tabhartais falaichte sam bith.

Mar thoradh, tha grunn phròiseasan a-nis air an riaghladh air prìomh ùrlar riaghladh-obrach, a nì sruthan-obrach follaiseach uile gu lèir agus a bhrosnaicheas barrachd co-obrachaidh.

Gu sònraichte, chaidh ar pròiseas fastaidh atharrachadh am-bliadhna, às dèidh pròiseas teann de mhpadh, measadh agus sìor leasachadh. Tha am pròiseas seo a-nis air a liomhadh, air a cho-chòrdadh air feadh na buidhne, agus air a riaghladh gu gnìomhach air an ùrlar riaghladh-obrach againn.

DÀTA

Tha co-dhùnaidhean stèidhichte air dàta aig cridhe ar ro-innleachd, agus mar sin tha e cudromach gum bi an dàta ceart furasta do luchd-co-dhùnaidh a lorg ann an aon àite. Air an adhbhar sin, ghluais sinn anailis dàta ar n-ùrlaran didseatach gu ùrlar ùr, riaghlach am-bliadhna.

Bidh an t-ùrlar seo a’ cruinneachadh dàta bho na h-ùrlaran didseatach againn uile ann an aon àite, às aonais na cosgaisean cumail suas siostaim a bh’ againn roimhe, agus faodaidh e aithris air dàta coileanaidh an dà chuid air iarrtas agus a rèir clàr-ama gus taic a thoirt do cho-dhùnaidhean aig gach ìre den bhuidhinn.

GUTH ÈIFEACHDACH

Bidh luchd-riochdachaidh bhon Buidhinn Leasachaidh Leantainneach (CIG) agus a’ Buidheann Obrach Òigridh (BOÒ) a’ gabhail pàirt ann an coinneamhan ràitheil an Àrd-sgioba Gnìomha (ASG), a’ riochdachadh beachdan luchd-obrach agus a’ fiosrachadh cho-dhùnaidhean aig gach ìre. Bidh an dà bhuidheann a’ coinneachadh gu cunbhalach gus dèiligeadh ri raon chùisean eadar dùbhlain phractaigeach sruth-obrach agus stiùireadh ro-innleachdail MG ALBA.

PROCESS & SYSTEMS

We have continued to map our most important processes in order that we can improve, plan, and manage each of these in their full, end-to-end context, taking care to uncover any hidden steps and contributors.

As a result, several of these processes are now actively managed on a centralised work management platform, which allows complete visibility of workflows and encourages a more collaborative way of working.

Our recruitment process in particular has been transformed this year, following a rigorous process of mapping, assessment and iterative improvement. This process is now streamlined, standardised across the organisation, and actively managed on our work management platform.

DATA

Data-driven decision-making is central to our strategy, so it is important that the right data is easy for decision makers to access in a single location. To this end, this year we moved our digital platforms analytics data to a new, managed platform.

This platform aggregates data from all our digital platforms in one place without the maintenance overhead of our previous system, and can provide both on-demand and scheduled reporting of performance data to support decision making at all levels of the organisation.

EFFECTIVE VOICE

Representatives of the Buidheann Leasachaidh Leantainneach (Continuous Improvement Group, or CIG) and the Buidheann Obrach Òigridh (Youth Working Group or BOÒ) participate in quarterly meetings of the senior executive team (Àrd-sgioba Gnìomha or ASG), representing staff views and informing decision-making at all levels. Both groups meet regularly to address matters that range from practical workflow challenges to the strategic direction of MG ALBA.



Bidh Buidheann Ath-sgrùdaidh Suirbhidh Pulse a' sgrùdadh fios-air-ais bho shuirbhidhean luchd-obrach agus a' togail chùisean le àrd-mhanaidsearan mar a bhios iomchaidh.

Rè na bliadhna, bheachdaich an dà chuid am Bòrd agus an CIG am biodh e feumail comhairle luchd-obrach a stèidheachadh. Às dèidh co-chomhairle, cho-dhùin an CIG gu robh seanailean conaltraidh gu leòr ann an-dràsta gus dèanamh cinnteach à guth èifeachdach luchd-obrach.

A Pulse Survey Review Group monitors the regular feedback provided by ongoing staff pulse surveys and escalates matters to senior management as appropriate.

During the year, both the Board and the CIG considered the desirability of establishing an employee council. After consultation, the CIG concluded that for the time being there were sufficient communication channels to ensure effective staff voice.





COMPÀIRTEACHASAN

Chaidh Pàipear Uaine an Rìghaltais air Cairt a' BhBC fhoillseachadh san Dùbhlachd 2025. Cha robh an t-ath-sgrùdadh 10-bliadhna seo air gnìomhachd is dleastanasan a' BhBC a-riamh nas cudromaiche do MG ALBA agus a chompairteachas leis a' BhBC gus BBC ALBA a libhrigeadh.

Tha e deatamach modail libhrigidh is maoineachaidh fad-ùine is seasmhach a ghleidheadh gus an compàirteachas a dhèanamh tèarainte. Tha an dà phàrtaidh dealasach agus àrd-amasach a thaobh susbaint ùr a libhrigeadh do luchd-amais bunaiteach is ùr. A bharrachd air sin, rinn MG ALBA argamaid làidir tron phròiseas Cairt gus dèanamh cinnteach gum faigh meadhanan seirbheis phoblach na Gàidhlig barrachd follaiseachd san raon dhidseatach.

Dh'obraich MG ALBA gu dlùth le compàirtichean, luchd-ùidh agus a' choimhearsnachd nas fharsainge gus mothachadh a thogail air co-chomhairle Cairt a' BhBC. Bha e deatamach gun deigheadh guth coimhearsnachd na Gàidhlig a chluinntinn gus an t-àite aca a dhèanamh tèarainte ann an Seirbheis Craolaidh Phoblach.

Tha maoineachadh is goireasan thar gach compàirtiche cuingealaichte agus gann agus feumar an cleachdadh gu math. Tha obair compàirteachais riatanach gus an luach as fheàrr fhaighinn airson gach not a thèid a sheilbheachd anns na h-amasan cumanta againn.

Tha MG ALBA air leantainn air adhart ag obair gu dlùth le Sgrìn Alba air raon iomairtean, a' faighinn seilbheachd ann an dràma Gàidhlig, prògraman aithriseach agus trèanadh. San aon dòigh, rinn sinn compàirteachas leis an EBU air riochdachaidhean cloinne. Thàinig ar

PARTNERSHIPS

December 2025 saw the publication of the Government's Green Paper on the BBC Charter. This 10-yearly review of the BBC's activities and obligations has never been more vital for MG ALBA and its partnership with the BBC to deliver BBC ALBA.

Securing a long-term and sustainable delivery and funding model is key to securing the partnership. Both parties are committed, and ambitious to deliver new content to core and new audiences. Additionally, MG ALBA strongly made the case through the Charter process to ensure that Gaelic public service media may enjoy greater prominence in the digital domain.

MG ALBA worked closely with partners, stakeholders and the wider community to raise awareness of the BBC Charter consultation period. It was vital that the Gaelic language community's voice was heard to ensure its place was secured at the Public Service Broadcast table.

Funding and resources across all partners are finite and scarce and must be used well. Partnership working is essential to gain optimum value for every pound invested in our common goals and aims.

MG ALBA has continued to work closely with Screen Scotland on a range of initiatives, securing investment into Gaelic drama, feature documentaries and training. Similarly, we partnered with the EBU on Children's productions. Our Community Content Partnership (CCP)



Compàirteachas Susbaint Coimhearsnachd (CCP) gu crìch le trìùir de na ceithir preantasan a’ faighinn cothroman cosnadh no trèanadh foghlaim àrd-ìre. Tha obair air tòiseachadh gus sgrùdadh mar as urrainnear eileamaidean de dheagh chleachdadh agus na dàimhean coimhearsnachd a chaidh a thogail tron phròiseact seo a chumail a’ dol tro bhith a’ compàirteachadh le buidhnean coimhearsnachd.

A’ tuigsinn cho cudromach ‘s a tha e ruighinn air fir òga agus balaich le susbaint dhìdseatach Ghàidhlig bhuntainneach agus tarraingeach, tha MG ALBA air a bhith ag obair gus plana compàirteachais a leasachadh le Alba FA. Tha am pròiseact seo ag amas air spòrs, gu sònraichte ball-coise, a chleachdadh gus na daoine seo a tha nas duilghe a ruighinn, a thàladh.

Tha Riaghaltas na h-Alba air leantainn air adhart a’ toirt taic agus brosnachadh do na meadhanan Gàidhlig tro ionmhas agus tro obrachadh aig an ìre as àirde. Tha MG ALBA air buannachadh gu sònraichte bho bhith comasach air freagairt gu sgiobalta ri gairmean maoineachadh calpa agus eile, a’ leigeil leinn ar planaichean airson cruth-atharrachadh didseatach agus P2NZ a thoirt air adhart.

San aon dòigh, tha sinn a’ leantainn air adhart ag obair le CnES, HIE, SMO agus Bòrd na Gàidhlig gus raointean de dh’ùidh choitcheann a chomharrachadh a thaobh susbaint nam meadhanan Gàidhlig agus leasachadh na roinne.

wound down with three of the four apprentices securing employment or higher education training opportunities. Work has begun to explore how elements of good practice and the community relationships built through this project can be continued through partnering with place-based community organisations.

Recognising the importance of reaching young men and boys with relevant and engaging Gaelic language digital content, MG ALBA have worked to develop a partnership plan with Alba FA. This project seeks to use the medium of sport, in particular football, to target this otherwise harder to reach demographic.

The Scottish Government has continued to support and champion Gaelic media through its financial support and advocacy at the highest level. MG ALBA has benefitted in particular from being able to speedily respond to callouts for capital and other funding, allowing us to progress our digital transformation and P2NZ plans.

Likewise, we continue to work with CnES, HIE, SMO and Bòrd na Gàidhlig to identify areas of common interest relating to Gaelic media content and development of the sector.



AITHRIS RIAGHLAIDH

GOVERNANCE STATEMENT





BUN-STÈIDH

'S e buidheann corporra a th' ann am MG ALBA (Meadhanan Gàidhlig ALBA) a chaidh a stèidheachadh le Achd de Phàrlamaid na RA fo earrannan 183-184 agus Earrann 19 de Achd Craolaidh 1990, mar a chaidh atharrachadh le earrannan 32 agus 95 de Achd Craolaidh 1996 agus earrannan co-cheangailte, agus earrannan 208-210 de Achd Conaltraidh 2003.

'S e dleastanas MG ALBA dèanamh cinnteach gum bi raon farsaing agus measgaichte de phrògraman de dh'àrd-chàileachd sa Ghàidhlig air an craoladh no air an libhrigeadh air dhòigh eile gu sluagh na h-Alba agus daoine eile.

Faodaidh MG ALBA:

- prògraman a mhaoineachadh no a dhèanamh
- maoineachadh no pàirt a ghabhail ann an solar trèanaidh agus rannsachadh luchd-amhairc
- a leithid de rudan a dhèanamh mar bhuidheann corporra reachdail agus a dhol an sàs ann an gnothaichean a tha co-cheangailte no cuideachail ri coileanadh an dleastanasan fo earrann 183 de Achd 1990.

Faodaidh cead craolaidh a bhith aig MG ALBA seach an fheadhainn a tha toirmisgte gu sònraichte ann an earrann 183(4B) de Achd 1990.

Feumaidh Ministearan na h-Alba, airson gach bliadhna ionmhais, an t-sùim a tha iad a' meas iomchaidh a phàigheadh do Ofcom airson adhbharan MG ALBA a choileanadh.

Bidh Ofcom a' cur buill MG ALBA an dreuchd, le aonta Mhinistearan na h-Alba.

AM BÒRD AGUS A CHOMATAIDHEAN

Tha suas ri 12 ball air a' Bhòrd, a' gabhail a-steach a' Chathraiche. Tha dreuchd Rùnaire a' Bhùird air a choileanadh leis a' Mhanaidsear Ghàidhlig & Gnothaichean Corporra.

Air 31 Màrt 2026, bha naonar bhall air a' Bhòrd, le riochdachadh gnè de chòighear fhireannach agus ceathrar bhoireannach. Bidh gach ball san dreuchd airson suas ri ceithir bliadhna. Feumaidh buill ainmichte le lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, am BBC agus Bòrd na Gàidhlig a bhith am measg nam ball.

Feumaidh Ofcom dèanamh cinnteach, cho fad 's as urrainn dhaibh, gu bheil ùidhean na roinne riochdachaidh neo-eisimeilich air an riochdachadh mar bu chòir air a' Bhòrd.

Bha am Bòrd roimhe air sealladh fad-ùine a chur an cèill airson craoladh Gàidhlig ann an Lèirsinn: Mapa Slighe airson nam Meadhanan Gàidhlig. Tha obair a' dol air adhart an-dràsta air an ath dhreach den Lèirsinn, a' toirt MG ALBA gu 2030. Bidh am Bòrd a' gabhail ri Plana Bliadhnail gus adhartas a dhèanamh an aghaidh nan amasan a chaidh a chomharrachadh san Lèirsinn.



ESTABLISHMENT

Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig (MG ALBA) is a body corporate established by sections 183-184 and Schedule 19 Broadcasting Act 1990, as amended by sections 32 and 95 of the Broadcasting Act 1996 and related schedules, and sections 208- 210 Communications Act 2003.

The remit of MG ALBA is to ensure that a wide and diverse range of high-quality programmes in Gaelic is broadcast or otherwise transmitted so as to be available to persons in Scotland and to others.

MG ALBA may:

- finance or make programmes
- finance or engage in the provision of training and audience research
- as a statutory corporation to do such things and enter into such transactions as are incidental or conducive to the discharge of their functions under section 183 of the 1990 Act.

MG ALBA may hold a broadcast licence other than those specifically prohibited in section 183(4B) of the 1990 Act.

The Scottish Ministers must, for each financial year, pay to Ofcom such amount as they may determine to be appropriate for MG ALBA's purposes.

Ofcom appoints members to the Board of MG ALBA, with the approval of Scottish Ministers.

THE BOARD AND ITS COMMITTEES

The Board is comprised of up to 12 members including the Chair. The role of Board Secretary is fulfilled by the Corporate Affairs & Gaelic Manager.

On 31 March 2026, there were nine members, with a gender composition of five male and four female. Each Board member serves for a period of up to four years. The Board must include members nominated by Highlands & Islands Enterprise, the BBC and Bòrd na Gàidhlig.

Ofcom must also secure, so far as is practicable, that the Board's membership is such that the interests of the independent production sector are adequately represented.

The Board had previously set out its long-term vision for Gaelic broadcasting in Lèirsinn: A Route Map for Gaelic Media. Work is currently underway to draft the next version of Lèirsinn, taking MG ALBA through to 2030. The Board adopts an Annual Plan to make progress against the objectives identified in Lèirsinn.



Bidh am Bòrd a’ coinneachadh aghaidh ri aghaidh co-dhiù gach ràithe gus sgrùdadh ionmhais a ghabhail os làimh, gus dèanadas a sgrùdadh, ro-innleachd a stèidheachadh agus ath-sgrùdadh agus ùrachadh a dhèanamh air poileasaidhean.

Tha an Lèirsinn, prìomh phoileasaidhean agus gearr-chunntas choinneamhan a’ Bhùird is nan Comataidhean air am foillseachadh aig www.mgalba.com

AM BÒRD

Ann an 2025/26, choinnich Bòrd MG ALBA còig tursan le Iain Moireasdan sa chathair.

Am measg nam prìomh raointean ris an do dhèilig am Bòrd bha:

- Amasan & Prìomh Thoraidhean (OKRan) agus Prìomh Chomharran Dèanadais (KPlan)
- Cunntasan riaghlaidh ràitheil
- Ath-sgrùdadh agus aonta poileasaidhean
- Riosg
- Dìon saidhbear
- Cunntasan Reachdail agus aithisg an Neach-sgrùdaidh bhon Taobh a-muigh
- Conaltradh le luchd-ùidhe
- Comas na buidhne, fastadh agus leantainneachd
- Planadh ro-innleachdail airson na h-ath trì bliadhna
- Lèirsinn 2030
- Ùrachadh Cairt Rìoghail a’ BhBC
- Poileasaidh agus maoinachadh airson craoladh Gàidhlig
- Achd nan Cànanan Albannach

Bheachdaich am Bòrd cuideachd air aithisgean mu:

- Slàinte & Sàbhailteachd
- Co-ionannachd, Iomadachd & In-ghabhalachd
- Creideas nar Cosnaichean
- Slighe gu Neoni Lom

Am measg chuspairean eile air an do bhruidhinn am Bòrd bha:

- Aithris Riaghlaidh agus Aithisg a’ Chathraiche ann an Aithisg Bhliadhnail 2024/25
- Cruth-atharrachadh na buidhne
- Amasan & Toraidhean 2025/26
- Seirbheisean com-pàirteachais: BBC ALBA, SpeakGaelic, LearnGaelic agus FilmG
- Plana Obrachaidh 2026/27
- Amasan an Àrd-Oifigeir



The Board meets in person, at least quarterly, to undertake financial scrutiny, review performance, set strategy and to review and revise policies.

Lèirsinn, key policies and minutes of Board and Committee meetings are published at www.mgalba.com

BOARD

In 2025/26, the MG ALBA Board met on five occasions under the chairmanship of John Morrison.

The main areas addressed by the Board included:

- Objectives & Key Results (OKRs) and Key Performance Indicators (KPIs)
- Quarterly management accounts
- Policy review and approval
- Risk
- Cybersecurity
- Statutory Accounts and External Auditor's report
- Stakeholder engagement
- Organisational capacity, recruitment and succession
- Strategic planning for the next three years
- Lèirsinn 2030
- BBC Charter renewal
- Policy and funding provision for Gaelic broadcasting
- Scottish Languages Act

The Board also considered reports on:

- Health & Safety
- Equality, Diversity & Inclusion
- Investors in People
- Path to Net Zero

Other topics addressed by the Board included:

- Governance Statement and Chair's Report in the Annual Report 2024/25
- Organisational transformation
- Aims & Outcomes 2025/26
- Partnership services: BBC ALBA, SpeakGaelic, LearnGaelic and FilmG
- Operational Plan 2026/27
- CEO's objectives



COMATAIDH SGRÙDAIDH & DEARBHAIDH

Tha a' Chomataidh a' comhairleachadh a' Bhùird a thaobh a bhith a' làimhseachadh riosgan, siostaman in-smachd agus Frèam-obrach Dearbhaidh. Tha dleastanas na Comataidh air fhoillseachadh air làrach-lìn MG ALBA agus air a mhineachadh san Sgeama Tiomnachaidh.

Tha am Bòrd a' toirt ùghdarras manaidsaidh practaigeach an sgrùdaidh bhon taobh a-muigh dhan Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh. Tha e an urra ris a' Chomataidh beachdachadh air a' phlana sgrùdaidh agus na toraidhean a thig às agus airson a bhith ag aithris laigsean agus a' cur an sàs modhan gus na laigsean sin a làimhseachadh leis a' Bhòrd air fad mar phàirt den phròiseas gus na cunntasan reachdail agus an aithisg bhliadhnail aontachadh.

Bidh a' Chomataidh, ann an co-chomhairle leis an Àrd-Oifigear mar Oifigear Cunntachail, cuideachd a' faighinn aithisgean in-sgrùdaidh, a rèir prògram-obrach de sgrùdadh in-thaigh air aontachadh leis a' Chomataidh fhèin. Bidh a' Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh a' coinneachadh co-dhiù ceithir turais sa bhliadhna.

Choinnich a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh ceithir tursan ann an 2025/26 fon Chathraiche an Dr Calum MacLeòid. Bha prògram-obrach na Comataidh a' gabhail a-steach:

- Aithisg an Neach-sgrùdaidh bhon Taobh a-muigh do Bhuill air na h-aithrisean ionmhasail airson 2024/25
- Toraidhean ionmhasail ràitheil agus KPlan
- Frèam-obrach Dearbhaidh agus prògram sgrùdadh in-thaigh, le fòcas na bliadhna seo air Dìon saidhbear
- Ùrachadh air a' Chlàr Riosgan, a' sìmpleachadh sgrùdadh le bhith ag amalachadh ùrachaidhean fèin-ghluasadach gu mapaichean teas
- Ath-sgrùdadh phoileasaidhean: Poileasaidhean Cunntasachd agus Poileasaidh Cùl-stòran
- Aithisgean gèillidh air Poileasaidh Slàinte & Sàbhailteachd agus Àrainneachd
- Ath-shuidheachadh Luchd-sgrùdaidh Taobh a-muigh
- Sgrùdadh air siostaman riaghlaidh a thaobh solar agus cleachdadh chairtean creideis
- Aithisg Dearbhaidh HR
- Riaghladh Chomataidh
- Planadh Leantainneach

Chleachd a' Chomataidh am Frèam-obrach Dearbhaidh mar inneal cudromach gus ìrean dearbhaidh a leasachadh ann an raointean luach-an-airgid, gèilleadh ri poileasaidh, agus riaghladh ro-innleachdail riosgan.



AUDIT & ASSURANCE COMMITTEE

The Committee advises the Board on MG ALBA's risk management, internal controls, and Assurance Framework. The Committee's remit is published on MG ALBA's website and set out in the Scheme of Delegation.

The Board delegates the practical management of the annual external audit to the Audit & Assurance Committee. The Committee is responsible for considering the audit plan and audit findings in depth and for discussing reportable weaknesses and relevant remedies with the full Board as part of the process leading to the approval of the statutory accounts and annual report.

The Committee, in consultation with the Chief Executive as Accountable Officer, also receives internal audit reports, according to a programme of internal audit agreed by the Committee itself. The Audit & Assurance Committee meets at least four times annually.

The Audit & Assurance Committee met on four occasions in 2025/26 under the Chairmanship of Dr Calum MacLeod. The Committee's work programme included:

- External Auditor's report to the Members on the financial statements for 2024/25
- Quarterly financial results and KPIs
- Assurance Framework and internal audit programme, with this year's focus on Cybersecurity
- Renewal of Risk Register, streamlining oversight by integrating automated updates to heat maps
- Policy review: Accounting Policies and Reserves Policy
- Compliance reports on Health & Safety and Environmental Policy
- Reappointment of External Auditors
- Scrutiny of management systems in respect of procurement and credit card usage
- HR Assurance report
- Committee governance
- Business Continuity

The Committee utilised the Assurance Framework as a key tool to enhance assurance levels in areas of value-for-money, compliance with policy, and the strategic management of risk.



COMATAIDH LÈIRSINN

'S e dleastanas ro-innleachdail a th' aig a' Chomataidh, a' coimhead mun cuairt agus air adhart ann an raointean cànan, meadhanan agus teicneòlas agus a' tomhas ro-innleachdan, meatraigean, sgilean agus eòlas MG ALBA mu choinneimh tuairmse na Comataidh air feum làithreach agus san àm ri teachd. Tha dleastanas na Comataidh air fhoillseachadh air làrach-lìn MG ALBA agus air a mhineachadh san Sgeama Tiomnachaidh.

Choinnich Comataidh Lèirsinn ceithir tursan ann an 2025/26 fon Chathraiche Marion Nic na Ceàrdaich.

Am measg prògram-obrach na Comataidh bha:

- Deas-bhòrd Chomataidh ùr
- Sùil air faire ann an raointean nam meadhanan ann an mion-chànan, margaidheachd agus discoverability, agus Achd nan Cànan Albannach
- Os-shealladh air tachartas ag amas air an àm ri teachd le taic bho MG ALBA
- Planadh luchd-obrach, a' gabhail a-steach EDI, sunnd, fastadh, leantainneachd agus dòighean fios-air-ais luchd-obrach
- Ath-sgrùdadh comas na buidhne ann an riaghladh didseatach agus dàta
- Ath-sgrùdadh slatan-tomhais soirbheachais na buidhne
- Sealladh farsaing air meatraigs sgilean a' Bhùird
- Planadh dàimh luchd-ùidh
- Ath-sgrùdadh poileasaidh a' gabhail a-steach Poileasaidh Fastaidh, Poileasaidh Pàighidh 2026/27
- Amasan an Àrd-Oifigeir
- Lèirsinn 2030

COMATAIDH THUARASTAL

Chaidh a' Chomataidh Thuarastal a stèidheachadh san t-Samhain 2025. 'S e a prìomh dhleastanas beachdachadh air poileasaidh pàighidh agus molaidhean a dhèanamh chun Bhùird a thaobh sin.

Choinnich a' Chomataidh Thuarastal trì uairean ann an 2025/26 fo Chathraiche Chalum Steele, a' coimiseanadh rannsachadh neo-eisimeileach air poileasaidh pàighidh agus a' dèanamh moladh don Bhòrd, a chaidh gabhail ris, air poileasaidh pàighidh airson 2026/27.

MOTHACHADH AGUS TRÈANADH

Fhuair buill a' Bhùird taisbeanadh bhidio ràitheil de Phrìomh Thoraidhean agus fhrithheil iad prògram de sheiseanan air-loidhne gus beachdachadh orra sin. Gus an eòlas aca a leudachadh, fhrithheil buill a' Bhùird measgachadh de thrèanadh agus conaltradh le àrd-stiùirichean anns na roinnean sgrìn agus poblach.



LÈIRSINN COMMITTEE

The role of the Committee is strategic in nature, looking outwards and forward in areas of language, media and technology and measuring MG ALBA's strategies, metrics, skills, knowledge and experience against the Committee's estimation of current and future need. The Committee's remit is published on MG ALBA's website and set out in the Scheme of Delegation.

The Lèirsinn Committee met on four occasions in 2025/26 under the Chairmanship of Marion Sinclair.

The Committee's work programme included:

- A new Committee dashboard
- Horizon scanning in the areas of minority language media, marketing and discoverability, and the Scottish Languages Act
- Overseeing an MG ALBA-sponsored future-focused event
- Workforce planning, including EDI, wellbeing, recruitment, succession and staff feedback mechanisms
- Reviewing organisational capacity in digital and data governance
- Reviewing company success criteria
- Overview of Board skills matrix
- Stakeholder relationship planning
- Policy revision including Recruitment Policy, Pay Policy 2025/26
- CEO objectives
- Lèirsinn 2030

REMUNERATION COMMITTEE

The Remuneration Committee was established in November 2025. Its principal remit is to consider and make recommendations to the Board in relation to remuneration policy.

The Remuneration Committee met on three occasions in 2025/26 under the Chairmanship of Calum Steele, commissioning independent pay policy research and making a recommendation to the Board, which was accepted, on pay policy for 2026/27.

AWARENESS AND TRAINING

Board members were provided with a quarterly video presentation of Key Results and attended a programme of online sessions to discuss those. To broaden their knowledge, Board members attended a mix of training and engagement with senior leaders in the screen and public sectors.



INBHEAN, SIOSTAMAN AGUS SMACHDAN

Tha MG ALBA dealasach mu ìrean àrda de riaghladh corporra agus dòighean-giùlain beusail. Cho fad 's a tha e freagarrach do shuidheachadh MG ALBA, tha am Bòrd ag amas a bhith a rèir nan ullachaidhean iomchaidh de Chòda Riaghlaidh Chorporra na RA a bhios air fhoillseachadh bho àm gu àm leis a' Chomhairle Aithris Ionmhasail.

Tha an t-uallach iomlan air a' Bhòrd airson dèanamh cinnteach gun cum MG ALBA suas siostam in-smachd a bhios a' lùghdachadh riosgan agus a' dìon so-mhaoin agus ùidhean MG ALBA, agus a bheir don Bhòrd barantas reusanta gum faod earbsa a bhith aca san fhiosrachadh ionmhais a thèid a chleachdadh a-staigh agus fhoillseachadh a-muigh.

Ged nach urrainn do shiostam in-smachd sam bith làn bharantas a thoirt an aghaidh mì-aithris, call no mì-riaghladh a thaobh so-mhaoin MG ALBA, tha na siostaman a tha an sàs deilbhte airson comharrachadh do na buill cùisean air am feumar sùil a thoirt ann an deagh àm gus an tèid beachdachadh orra agus dèiligeadh riutha gu h-iomchaidh.

Rè na bliadhna, leasaich MG ALBA am Frèam-obrach Dearbhaidh aca gus fianais nas fheàrr a thoirt seachad air luach-an-airgid, gèilleadh ri poileasaidh agus deagh chleachdadh, agus gus riaghladh practaigeach is ro-innleachdail chunnartan a neartachadh.

AN ÀRD-SGIOBA GNÌOMHA (ASG)

Tha Sgeama Tiomnachaidh is Rianachd MG ALBA a' mìneachadh an ùghdarrais a tha air a thiomnadh do Chomataidhean agus do oifigearan. Tha am Bòrd a' cur an Àrd-Oifigeir an dreuchd, le uallach dèanamh cinnteach gu bheil iomchaidheachd, riaghailteachd agus luach-an-airgid air caiteachas MG ALBA.

Tha an Cathraiche a' coinneachadh gu cunbhalach ris an Àrd-Oifigeir a tha an sàs bho là gu là anns gach roinn de dh'obair MG ALBA. Tha an t-uallach iomlan air an Àrd-Oifigeir airson dèanamh cinnteach gu bheil deagh riaghladh a thaobh Manaidsaidh Riosg air a choileanadh gu h-iomchaidh agus gu bheil dearbhadh gu leòr aig a' Bhòrd agus na comataidhean aige gu bheil prìomh chunnartan ro-innleachdail air an riaghladh gu h-iomchaidh.

Tha an ASG air a dhèanamh suas de: an t-Àrd-Oifigeir, an Stiùiriche Susbaint, an Stiùiriche Dhaoine, Chom-pàirteachais & Leasachaidh, agus an Ceannard Foillseachaidh, na dreuchd mar chathraiche air an Sgioba Àrd-stiùiridh (SAS). Tha an SAS air a dhèanamh suas de shìa Ceannardan agus gach neach le dleastanasan obrachaidh fa leth a bharrachd air na Stiùirichean agus an t-Àrd-Oifigeir. Tha an sgioba ceannardais air a taicadh leis a' Mhanaidsear Ghàidhlig & Gnothaichean Corporra.

Tha coinneamhan mìosail aig an SAS a' cumail sùil air cur an gnìomh a' Phlana Obrachaidh. Tha an ASG a' coinneachadh co-dhiù gach mìos airson beachdachadh air na cunntasan riaghlaidh, ag ath-sgrùdadh aithisgean coileanaidh, cùisean slàinte is sàbhailteachd, draghan luchd-obrach agus cùisean gnìomhachais eile.

Chaidh pasgan thoraidhean ràitheil agus taisbeanadh a libhrigeadh don Bhòrd agus chaidh aithisg Slàinte & Sàbhailteachd bhliadhnail riarachail a chrìochnachadh. Tha an Lèirmheas Gnìomhachais a' mìneachadh mion-fhiosrachadh mu ghnòthaichean cudromach ris an deach dèiligeadh sa bhliadhna.



STANDARDS, SYSTEMS AND CONTROLS

MG ALBA is committed to high standards of corporate governance and ethical behaviour. As far as is appropriate to the circumstances of MG ALBA, the Board seeks to comply with relevant provisions of the UK Corporate Governance Code issued from time to time by the Financial Reporting Council.

The Board has overall responsibility for ensuring that MG ALBA maintains a system of internal controls that minimise risk, safeguard MG ALBA's assets and interests, and provides the Board with reasonable assurance of the reliability of the financial information used internally and for external publication.

Although no system of internal controls can provide absolute assurance against material misstatement, loss or mismanagement of MG ALBA's assets, the systems in place are designed to identify matters for the members that require attention on a timely basis, so that they may be considered and dealt with appropriately.

During the year, MG ALBA further developed its Assurance Framework to better evidence value-for-money, compliance with policy and best practice, and to enhance the practical and strategic management of risk.

SENIOR EXECUTIVE TEAM

MG ALBA's Scheme of Delegation and Administration sets out the authority that is delegated to Committees and to officers. The Board appoints the Chief Executive, who is responsible for ensuring the propriety, regularity and value-for-money of MG ALBA's expenditure.

The Chair is in regular contact with the Chief Executive, who has day-to-day responsibility for all aspects of MG ALBA activities. The Chief Executive has overall responsibility for ensuring that good governance regarding Risk Management is properly discharged and that the Board and its Committees have sufficient assurance that key strategic risks are being appropriately managed.

The executive leadership team (Àrd-sgioba Gnìomha, or ASG) comprises: the Chief Executive, the Director of Content, the Director of People, Partnerships & Development, and the Head of Publishing, in her capacity as chair of the senior management team (Sgioba Àrd-stiùiridh or SAS). The SAS comprises six Ceannardan (Heads) each with distinct operational responsibilities as well as the Directors and CEO. The leadership team is supported by the Corporate Affairs & Gaelic Manager.

The SAS meets monthly to oversee implementation of the Operational Plan. The ASG meets at least monthly to consider management accounts, review performance and health and safety reports, address staff concerns and other business matters.

During the year, a results pack and presentation were delivered to the Board each quarter and a satisfactory annual Health & Safety report was completed. The Business Review sets out the details of significant business dealt with in the year.



Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig

**AITHRISEAN
IONMHASAIL AIRSON NA
BLIADHNA A DHÙIN**

**31 MÀRT
2026**

Financial Statements For The Year Ended 31 March 2026



CLÀR-INNSE | CONTENTS

- 91** Aithris air Dleastanasan a' Bhùird
Statement of the Board's Responsibilities
- 93** Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich gu na Buill
Independent Auditor's Report to the Members
- 103** Aithris air Teachd-a-steach Iomlan
Statement of Comprehensive Income
- 105** Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail
Statement of Financial Position
- 107** Aithris air Atharrachaidhean ann an Cothromas
Statement of Changes in Equity
- 109** Aithris air Sruthan-airgid
Statement of Cash Flows
- 111** Notaichean ris na h-Aithrisean Ionmhasail
Notes to the Financial Statements



AITHRIS AIR DLEASTANASAN A' BHÙIRD

Tha uallach air a' Bhòrd an Aithisg Bhliadhnail agus na h-aithrisean ionmhasail ullachadh ann an co-rèir ris an lagh agus riaghailtean iomchaidh.

Tha Achd Craolaidh 1990 (mar a chaidh atharrachadh le Achd Craolaidh 1996 agus Achd Conaltraidh 2003) a' cur riatanas air a' Bhòrd cunntasan airson gach bliadhna ionmhasail ullachadh. Fon Achd sin tha am Bòrd air aithrisean ionmhasail na Seirbheis ullachadh, a rèir Inbhean Eadar-nàiseanta Aithris air Cunntasachd (IFRSan) a rèir mar a tha iad air an gabhail leis an Rìoghachd Aonaichte agus lagh iomchaidh. Fon Achd Craolaidh 1990 (mar a chaidh atharrachadh) chan fhaod am Bòrd na h-aithrisean ionmhasail aontachadh mura h-eil iad riarachaidh gu bheil iad a' toirt sealladh fìor agus cothromach air suidheachadh na Seirbheis agus prothaid no call na Seirbheis airson na h-ùine sin.

Ann a bhith ag ullachadh nan aithrisean ionmhasail seo, tha uallach air a Bhòrd a bhith:

- a' taghadh phoileasaidhean cunntasachd iomchaidh agus gan cur an gnìomh gu cunbhalach;
- a' dèanamh breithneachaidhean agus tuairmsean cunntasachd a tha reusanta agus ciallach;
- ag innse an deach IFRSan mar a chaidh gabhail riutha leis an Rìoghachd Aonaichte a leantainn, le ùmhlachd do imeachd susbainteach sam bith a chaidh fhoillseachadh agus a mhìneachadh anns na h-aithrisean ionmhasail;
- ag ullachadh nan aithrisean ionmhasail air bunait gnìomhachais leantainneach mura bheil e iomchaidh gabhail ris gun lean an t-Seirbheis ann an gnìomhachas.

Tha uallach air buill a' Bhùird clàraidhean cunntasachd ceart a chumail a dh'fhoillsicheas le ìre mhath de chinnt aig àm sam bith obair ionmhasail na Seirbheise, agus a dh'fhoillsicheas an ìre mhath mionaideach aig àm sam bith suidheachadh ionmhasail na Seirbheise agus a nì e comasach dhaibh dearbhadh gu bheil na cunntasan a' tighinn a rèir Achd Craolaidh 1990 (mar a chaidh atharrachadh). Tha uallach orra cuideachd so-mhaoin na Seirbheise a dhìon agus ceuman reusanta a ghabhail dha rèir airson foill agus neo-riaghailteachdan eile a bhacadh agus a lorg.

Tha uallach air a' Bhòrd airson deasachadh agus iomlanachd an fhiosrachaidh ionmhasail agus chorporra a tha air làrach-lìn na Seirbheise. Faodaidh reachdas anns an Rìoghachd Aonaichte a tha a' riaghladh ullachadh agus sgaoileadh aithrisean ionmhasail a bhith eadar-dhealaichte bho reachdas ann an uachdranasan eile.

Mar as fhiosrach le buill a' Bhùird:

- Chan eil fiosrachadh sgrùdaidh buntainneach ann air nach eil luchd-sgrùdaidh na Seirbheise mothachail; agus
- Tha buill a' Bhùird air gach ceum a bu chòir dhaibh a ghabhail gus eòlas a thoirt dhaibh fhèin air fiosrachadh sgrùdaidh buntainneach sam bith agus barantachadh gu bheil luchd-sgrùdaidh mothachail air an fhiosrachadh sin.



STATEMENT OF THE BOARD'S RESPONSIBILITIES

The Board is responsible for preparing the Annual Report and financial statements in accordance with applicable law and regulations.

The Broadcasting Act 1990 (as amended by the Broadcasting Act 1996 and the Communications Act 2003) requires the Board to prepare financial statements for each financial year. Under that Act the Board have prepared the Seirbheis' financial statements in accordance with UK-adopted International Financial Reporting Standards (IFRSs) and applicable law. Under the Broadcasting Act 1990 (as amended) the Board must not approve the financial statements unless they are satisfied that they give a true and fair view of the state of affairs of the Seirbheis and the profit or loss of the Seirbheis for that period.

In preparing the financial statements the Board is required to:

- select suitable accounting policies and then apply them consistently;
- make judgements and accounting estimates that are reasonable and prudent;
- state whether UK-adopted IFRSs have been followed, subject to any material departures disclosed and explained in the financial statements;
- prepare the financial statements on the going concern basis unless it is inappropriate to presume that the Seirbheis will continue in business.

The members of the Board are responsible for keeping proper accounting records that are sufficient to show and explain the Seirbheis' transactions and disclose with reasonable accuracy at any time the financial position of the Seirbheis and enable them to ensure that the accounts comply with the Broadcasting Act 1990 (as amended). They are also responsible for safeguarding the assets of the Seirbheis and hence for taking reasonable steps for the prevention and detection of fraud and other irregularities.

The Board is responsible for the maintenance and integrity of the corporate and financial information included on the Seirbheis' website. Legislation in the United Kingdom governing the preparation and dissemination of financial statements may differ from legislation in other jurisdictions.

In so far as the members of the Board are aware:

- There is no relevant audit information of which the Seirbheis' auditors are unaware; and
- The members of the Board have taken all steps that they ought to have taken to make themselves aware of any relevant audit information and to establish that the auditor is aware of that information.



AITHISG AN NEACH- SGRÙDAIDH NEO-EISIMEILICH GU NA BUILL

BEACHD

Rinn sinn sgrùdadh air na cunntasan aig Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig (an t-Seirbheis) airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2026 a tha a' gabhail a-steach Aithris air Teachd-a-steach Iomlan, Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail, Aithris air Atharrachaidhean ann an Cothromas, Aithris air Sruthan-airgid; agus na Notaichean ris na h-Aithrisean Ionmhasail, a' gabhail a-steach geàrr-iomradh air poileasaidhean cunntasachd cudromach. Tha frèam-obrach nan Aithrisean Ionmhasail a chaidh a chur an gnìomh san ullachadh aca a' tighinn a rèir an lagha iomchaidh agus inbhean cunntasachd eadar-nàiseanta air an gabhail ris san RA.

Nar beachd-ne tha na h-aithrisean ionmhasail:

- a' toirt sealladh fìor agus cothromach air cor ghnòthaichean na Seirbheise mar aig 31 Màrt 2026, agus airson a' chòrr airson na bliadhna sin a dhùin;;
- air a bhith air an ullachadh gu ceart a rèir inbhean cunntasachd eadar-nàiseanta a chaidh gabhail riutha san RA; agus
- air a bhith air an ullachadh a rèir riatanasan Achd Craolaidh 1990 (mar a chaidh atharrachadh le Achd Craolaidh 1996 agus Achd Conaltraidh 2003).

BUN-STÈIDH AR BEACHD

Rinn sinn ar sgrùdadh a rèir Inbhean Sgrùdaidh Eadar-nàiseanta (RA) (ISAan (RA)) agus lagh iomchaidh. Tha an tuilleadh fiosrachaidh mu ar n-uallaichean fo na h-inbhean sin san earrann de ar n-aithisg air dleastanas an Luchd-sgrùdaidh airson nan aithrisean ionmhasail. Tha sinn neo-eisimeileach bhon t-Seirbheis a rèir an riatanas a tha oirnn a bhith cumail ris na h-inbhean beusail a tha bunaiteach do ar sgrùdadh de na cunntasan san RA, nam measg Cleachdadh Beusail an FRC agus tha sinn air ar dleastanas beusail eile a choileanadh a rèir nan riatanasan seo. Tha sinn den bheachd gu bheil am fianais sgrùdaidh a fhuair a gu leòr agus iomchaidh gus bunstèidh ar beachd a chur an cèill.

CO-DHÙNAIDHEAN MU BHUN-CHÙIS A THA A' DOL

Ann a bhith a' sgrùdadh nan aithrisean ionmhasail, thàinig sinn chun cho-dhùnadh gu bheil cleachdadh nam ball de bhun-chùis a tha a' dol ann an ullachadh nan aithrisean ionmhasail iomchaidh.

Stèidhichte air an obair a rinn sinn, cha do lorg sinn mì-chinnt sam bith co-cheangailte ri tachartasan no cumhachan a dh'fhaodadh, leatha fhèin no còmhla, teagamh mòr a chuir air comas na Seirbheis cumail a' dol mar ghnìomhachas leantainneach airson ùine de dhusan mìos co-dhiù bho nuair tha na h-aithrisean ionmhais ùghdarraichte airson an cur a-mach.

Tha na dleastanasan againn agus dleastanasan nam ball a thaobh gnothach leantainneach air am mìneachadh anns na h-earrannan iomchaidh den aithisg seo.



INDEPENDENT AUDITOR'S REPORT TO THE MEMBERS

OPINION

We have audited the financial statements of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig (the 'Seirbheis') for the year ended 31 March 2026 which comprise the Statement of Comprehensive Income, the Statement of Financial Position, the Statement of Changes in Equity, the Statement of Cash Flows and the Notes to the Financial Statements, including significant accounting policies. The financial reporting framework that has been applied in their preparation is applicable law and UK-adopted international accounting standards.

In our opinion the financial statements:

- give a true and fair view of the state of the Seirbheis' affairs as at 31 March 2026 and of its surplus for the year then ended;
- have been properly prepared in accordance with UK-adopted international accounting standards; and
- have been prepared in accordance with the requirements of the Broadcasting Act 1990 (as amended by the Broadcasting Act 1996 and the Communications Act 2003).

BASIS FOR OPINION

